

MÙTHAIDHEAN AIG TOISEACH FACAIL¹²⁴¹

10.1 Coitcheann

Leannan Oftedal (1956 : § 200, td. 164) san dòigh san tuigear mùthaidhean aig toiseach facail an seo :

‘By initial mutations we shall understand certain recurrent changes in the initial phonemes of words (and in the separate components of compound words). These changes are usually conditioned by preceding morphemes... A morpheme which demands an initial mutation in the next word is not exhaustively described unless we provide it with a symbol for this quality, for instance a superscript // ^L // for lenition’.

Tha Oftedal (1956 : § 201) a leantainn air :

‘The mutating element must precede the mutated element immediately, and there must be a close syntactic relation between the two.’

Tha e fìor gun teagamh a thaobh Gl. gu feum dlùth-dhàimh cho-rèireach a bhith eadar na h-eileamaidean a dh’adhbharaicheas agus a dh’fhuilingeas mùthadh. Sa mhòr chumantas cuideachd, feumaidh an dara eileamaid a’ chiad tè a leantainn gu neo-mheadhanach ; ’s e an aon eisgeachd a fhuaras don seo, gum faod an naisgear /ʁs/ is a thighinn eadar an dà eileamaid ann an abairtean leis an roimhear /etʁr/ an uair a bhitheas seo a’ ciallachadh ‘an dà chuid’, m.e. /etʁr ˈvek ʁs ˈvo:ɪ/ eadar bheag is mhòr (‘(COUNTING) BOTH LITTLE AND BIG’).

Buinidh na prìomh eileamaidean a dh’adhbharaicheas mùthadh do na clasaichean a leanas (cf. Oftedal 1956 : § 201, ttd. 164-5) :

- (i) an t-alt, m.e. /(\ʁ) ˈdũNˈʁ/ (an) duine ainr. cinnteach, cf. /tũNˈʁ/ duine ainr. ;
/(\ʁ) ˈvẽn/ a’ bhean ainr., cf. /pẽn/ bean ainr.

¹²⁴⁰ morphophonology

¹²⁴¹ initial mutations

- (ii) ro-sheilbhich, m.e. /mʁ 'vɛ:hʁr'/ *mo mhàthair* ro-sheilbheach + ainr., cf. /mɛ:hʁr'/ *màthair* ainr. ; /ʁ 'nɑhʁr'/ *an athair* ro-sheilbheach + ainr., cf. /ɑhʁr'/ *athair* ainr.
- (iii) roimhearan, m.e. /fɔ 'vɛtʁN'/ *fo mhadainn* roi. + ainr., cf. /mɛtʁN'/ *madainn* ainr. ; /ɑNʁ 'Nʉs'k'(ʁ)/ *ann an uisg(e)* roi. + ainr., cf. /ʉs'k'(ʁ)/ *uisg(e)* ainr.
- (iv) àireamhan, m.e. /jũ: 'duĩN'ʁ/ *aon duine* àireamh + ainr., cf. /tuĩN'ʁ/ *duine* ainr. ; /ta: 'xʉ:rʁ/ *dà chaora* àireamh + ainr., cf. /kʰʉ:rʁ/ *caora* ainr.
- (v) ainmearan (mùthaidh iad seo buadhairean buaidh-aithriseach¹²⁴² agus ainmearan buaidh-aithriseach a-mhàin), m.e. /tʰe: 'vo:r/ *tè mhòr* ainr. + br., cf. /mo:r/ *mòr* br. ; /stapʰak 'vaRʰʁ/ *stapag-bharra* ainr. ('OATMEAL AND CREAM'), cf. /pɑ:r/ *bàrr* ainr.
- (vi) buadhairean (mùthaidh iad seo buadhairean eile a tha gan leantainn ann an co-chòmgharachd¹²⁴³ a-mhàin), m.e. /tʰe: 'vo:r 'vo:r/ *tè mhòr mhòr* ainr. + br. + br. ('AN EXTREMELY LARGE ONE'), cf. /mo:r/ *mòr* br. ; /t'e: 'vɔkɔx 'r[ʉʁ]ʁ/ *tè mhogach ruadh* ('A STOCKY RED-HEADED WOMAN'), cf. /r[ʉʁ]ʁ/ *ruadh* br. gun sèimheachadh, /pɑlix 'nʰʒkʁ 'vɛ:nʁ/ *balaich shnoga bhàna* ('NICE FAIR-HAIRED BOYS'), cf. /pɛ:nʁ/ *bàna* br. iol. gun sèimheachadh.
- (vii) mion-fhaclan¹²⁴⁴, ceistich¹²⁴⁵ agus naisgearan, m.e. /ʁ 'fer ʁ 'vi.is/ (*am*) *fear a bhitheas* ainr + mion-fhacal dàimh. + gr. susb. teachd. dàimh., cf. /pi.is a/ *bitheas e* gr. susb. teachd ; /kʰɔ: 'vi.is/ *cò bhitheas* ceisteach + gr. susb. teachd. dàimh. ; /ma 'vi.is a/ *ma bhitheas e* nr. + gr. susb. teachd. dàimh..
- (viii) a' chopail, m.e. /ʁs 'as'k'(ʁ)/ *as fhaisg(e)* copail làth. dhàimheach + br. coim., cf. /fas'k'/ *faisg* br. ; /pʁ 'vɛ/ *bu mhath* copail phreitireach + br., cf. /mɛ/ *math* br.
- (ix) a' chiad eileamaid ann am faclan co-fhillte, agus ro-leasachain bhunachail¹²⁴⁶, m.e. /ʁ 'N'ɑRɑjʁ'ɛs/ *an ear-dheas* ainr. & cgr., cf. /t'ɛs/ *deas* ainr., br. & cgr. ; /'trɔx 'nɛx/ *droch-neach* ainr., ('A RASCAL'), cf. /N'ɛx/ *neach* ainr. ; /'s' [ɛu] 'duĩN'ʁ/

¹²⁴² attributive

¹²⁴³ in juxtaposition

¹²⁴⁴ particles

¹²⁴⁵ interrogatives

¹²⁴⁶ derivational prefixes

seann-duine ainr., cf. /tũN'ɣ/ *duine* ainr. ; /s' [ẽu]N' | ɛr/ *seann-fhear* ainr., cf. /fɛr/ *fear* ainr.

Uaireannan 's e an sèimheachadh fhèin an aon chomharradh air gu bheil moirfeim ann, agus chan fhaighear eileamaid sam bith ron mhùthadh. Gheibhear seo mar eisimpleir ann an gnìomhairean neo-èisimileach preitiriteach : /hok/ *thog* preit., cf. /tok/ *tog* àithn. 2 sg. ; cuideachd, sa ghinideach iolra de chuid de dh'ainmearan, mar as trice ann an abairtean reòidhte, m.e. /ɣ t^h ñnɔL 'xu:rɔɣ/ *a' tional chaorach* ('GATHERING SHEEP'), cf. /k^hu:rɣ/ *caora* ainr. sg., /pɔhɔn 'x'ɛrk^h/ *bothan-chearc* ainr., cf. /k^hɛrk^h/ *cearc* ainr. sg. Tuigear gu bheil an suidheachadh seo eadar-dhealaichte ris na h-amannan far nach eil ann ach coltas eileamaid a bhith a dhìth, ron fhacal aig a bheil mùthadh, mar thoradh air fuaimreag schwa a bhith air a bàthadh, no air schwa às-tuislidh a bhith air tuiteam às gu riaghailteach¹²⁴⁷ (faic § 6.4.3).

Fo aon anailis, tè a bhitheadh a' meas na Gàidhlig mar chànan ioma-cho-thàthte¹²⁴⁸ (gu ìre bheag), 's e faclan singilte a tha anns na còmhlain seo de dh'eileamaidean a dh'adhbharaicheas mùthadh agus de dh'eileamaidean a thèid am mùthadh ; faic am beachdachadh agus na h-ìomraidhean ann an Oftedal 1972 : 1206-9. Ach leanar an seo ris an dòigh thraidiseanta air dèiligeadh ris na mùthaidhean.

Thèid am briathar 'bunasach' a chleachdadh an seo do thoiseach facail san riochd bhunaiteach, nach deach atharrachadh (seo co-ionann ri 'radical' aig Oftedal), mar a gheibhear ann an ainmearan aig toiseach gnìomh-labhairt, ann am buadhairean aisneiseach, agus san riochd àithneach de gnìomhairean. Leanar Oftedal an seo a thaobh co-ghnàths airson shamhlaidhean morfa-fòn-eòlach a sgrìobhadh¹²⁴⁹ ; gu sònraichte, cha chomharraichear morfa-fòineim no moirfeim a dh'iarras toiseach facail bunasach air an fhacal a tha ga leantainn, le samhla morfa-fòn-eòlach sam bith (faic Oftedal 1956 : § 203, td. 165).

¹²⁴⁷ as a result of elision of a schwa vowel or regular dropping of a caducous schwa

¹²⁴⁸ polysynthetic

Thèid na mùthaidhean aig toiseach facail a roinn nam mùthaidhean consanach agus nam mùthaidhean ro-fhuaimreagach. 'S e atharrachaidhean sna consain aig toiseach facail a tha sna mùthaidhean consanach, nam measg consan (/f/) a bhith a' tuiteam às, agus consain dhùinte a bhith air an guthachadh (theirear 'srònachadh' ris an seo, air sgàth adhbharan eachdraidheil, *cf.* Borgstrøm 1941 : 91). Ann am mùthaidhean ro-fhuaimreagach, thèid consan a chur mar ro-leasachan ri fuaimreig aig toiseach facail ; mar a tha Oftedal a' mineachadh (1956 : 165), tha seo a' tachairt chan ann a-mhàin ri faclan le fuaimreig bhunasaich aig toiseach facail, ach cuideachd ri faclan a chaill /f/ ro-fhuaimreagach aig toiseach facail mar thoradh air sèimheachadh.

10.2 Mùthaidhean consanach

10.2.1 (Anns na leanas tha na faclan 'teipn. SA' a' toirt iomraidh air cuid de na sònaraich thaobhach mar a chluinnear iad air teipeachan SA1961/105, SA1961/106 SA1961/107, faic § 5.9.26). Gheibhear na consain a leanas aig toiseach facail gu bunasach : na consain dùinte air fad (neo-anailichte agus anailichte) /p, p^h, t, t^h, t', t'^h, t, t'^h, k', k'^h, k, k^h/ ; na suathaich neo-ghuthach /f, s, s', h/ ; an suathach guthach /v/ ; na srònaich /m, N', N, n/ ; na taobhaich /L', L, l, l'/ ; na crithich /r', R/ ; na leth-fhuaimreagan /j, u/. Nam measg seo gheibhear /t/, /t^h/, /h/, /v/, /n/, /l/, /l'/, /r'/ agus /u/ mar a leanas :

Na consain dhùinte aibhealach /t/, /t^h/ : ann am faclan-iasaid bhon Bheurla (no ann am faclan le freumh-eòlas neo-shoilleir) a-mhàin : faic § 5.4.12.1, § 5.4.14.1, § 5.4.14.2.

/h/ : ann an àireimh bhig de dh'fhaclan le bunachadh SG, nach bitheadh e brìghmhor a mheas mar riochdan a chaidh a mhùthadh, m.e. /h[au]L/ *thall* cgr., /ha:/ *tha* gr. susb. làth., /her'is'/ *theiris* cgr., bt. 'thairis', /her'/ *their* gr. teachdail, anns na riochdan roimhearach bhon roimhear /γɔ/ *gu*, m.e. /hukum/ *thugam* 1 sg., /he:n/ *fhèin*, /hĩ:n/ *fhìn*, riochd. ath-fhillteach, /h[ux]r'/ *fhuair* gr. preit. ; ann am faclan le bunachadh SL, m.e. /a:rt 'hes'ɪak/ *Àird Heisleag* ainr. dil. (ainm baile 'ARDHESLAIG') ; ann am faclan-iasaid bhon Bheurla, m.e. /ho.u/ *hobha* ainr. ('A HOE') ; agus le freumh-eòlas neo-shoilleir /ha.ast/ *fhathast* cgr. ; faic § 5.8.2.

¹²⁴⁹ Oftedal will be followed here as regards the convention for writing morphophonological symbols

/v/ : ann am faclan le bunachadh SG, m.e. /va:/ *bha* gr. subb. preit., /v(ɣ) ˈvɛ:n/ (*a-*)*bhàn* roi. & cgr., san roimhear ro-chlaonach¹²⁵⁰ /vɔ/ *bho* agus a chuid riochdairean roi., /v[ɪʊɣ]m/ *bhuam* 1 sg., etc. ; ann am faclan-iasaid bhon Bheurla, m.e. /van:/ *van* ainr., /vɔ:tʰɣk/ *vòtadh* agr. ; faic § 5.6.2.

/n/ : ann am faclan le bunachadh SG, m.e. /ɣ ˈnɪs(ɣ)/ *a-nis(e)* cgr. ; ann am faclan-iasaid bhon Bheurla, m.e. /nikˈɔx/ *nigeach* br. (‘MEAN, CAREFUL WITH MONEY OR GOODS’); faic § 5.9.6.

/l/ : a-mhàin ro fhuaimreagan neo-bheulaibh ann am faclan-iasaid on Bheurla ; faic § 5.9.24.

/lʰ/ : ann am faclan le bunachadh SG, sna pearsachan air fad de na riochdairean roimhearach bhon roi. /lʰɛ/ *le*, m.e. /lʰesʰ/ *leis* 3 sg (agus faic § 5.9.21.1) ; ro fhuaimreagan beulaibh ann am faclan-iasaid on Bheurla, m.e. /lʰɛ:tʰɣrɣn/ *lèataran* ainr. (faic 5.9.21.6).

/rʰ/ : ann am faclan le bunachadh SG, m.e. /rʰ[ɪʊɣ]v/ *riamh* cgr., /ɣ ˈrʰi.isʰtʰ/ *a-rithist* cgr., sna pearsachan air fad de na riochdairean roimhearach bhon roi. /rʰi/ *ri*, m.e. /rʰisʰ/ *ris* riochd. roi. 3 sg. fir. ; faic § 5.9.15.

/ʋ/ : ann am faclan-iasaid on Bheurla, m.e. /ʋɑtsʰɣ/ *waidse* ainr. (‘A (WRIST)WATCH’) (faic § 5.10.4.4).

Chan eil na consain a leanas rim faighinn aig toiseach facail gu bunasach an Gl. : na consain dhùinte ghuthach (neo-anailichte agus anailichte) air fad ; na suathaich /xʰ, x, ɣʰ, ɣ, ɣʰh/ ; an critheach /r/ ; agus na sònaraich anailichte air fad.

Am measg nan còmhlán-consan a gheibhear aig toiseach facail, chan fhaighear na leanas mar a’ chiad eileamaid de chòmhlán gu bunasach : consain dhùinte ghuthach (neo-anailichte agus anailichte) ; na suathaich /v/, /ɣ/, /x/, /h/ ; na sònaraich /n/, /r/ agus na sònaraich anailichte. Tha an sònarach /lʰ/ againn mar a’ chiad eileamaid ann an /lʰj/, còmhlán a gheibhear gu bunasach m.e. ann an /lʰjɔ.ɔ/ *leotha* riochd. roi. 3 iol. (faic § 3.2.3.1 (a)).

¹²⁵⁰ proclitic

Tha cuid de chonsain agus de chòmhlain nach gabh am mùthadh aig toiseach facail ; bidh iad seo a' gleidheadh an riochd bhunasaich ann an suidhichidhean far am bi consain eile air am mùthadh. 'S iad seo : /v/, /h/, /n/, /L/ (ach gabhaidh seo a mhùthadh air teipn. SA), /l/, /l'/, /r'/, /ʁ/ ; agus na còmhlain air fad sam faighear /s/ no /s'/ plus consan dùinte, ach a-mhàin /str/, /stri/. (Leonar Oftedal 1956 : 166 an seo ann a bhith a' gabhail ris an dà chòmhlain /str/, /stri/, mar eisgeachdan do riaghailt an neo-shèimheachaidh air còmhlain /st/ ; airson tuilleadh beachdachaidh air a' phuing seo faic Ó Dochartaigh 1988 : 26.) Agus mar a mhinich Oftedal (1956 : 166) airson Liùrboist, mar sin an Gl. tha /r'/ aig toiseach facail gun a mhùthadh uair sam bith, oir chan fhaighear e ach ann an cuid de cho-ghnìomhairean agus san roimhear /r'i/ ri còmhla ris na riochdairean roimhearach aige, agus chan eil iad seo buailteach do mhùthaidhean ann. Bidh cuid eile de chonsain aig toiseach facail buailteach do shèimheachadh ach chan ann do shrònachadh, mar a chithear sa chlàr shìos.

10.2.2 Thèid deiligeadh ri mùthadh consanach fò na cinn : srònachadh, sèimheachadh, agus sèimheachadh an dèidh an uilt. Leonar Oftedal 1956 ann a bhith a' cleachdadh shamhlaidhean morfa-fòn-eòlach¹²⁵¹ (air an sealltainn an seo eadar sgoraidhean dùbailt¹²⁵²) a tha ceangailte ris an eileamaid a thig ron eileamaid mhùthte¹²⁵³, airson na mùthaidhean seo a riochdachadh ; agus cuideachd a thaobh a' cho-ghnàths airson nan samhlaidhean fhèin¹²⁵⁴ (tha an cleachdadh seo aig Oftedal stèidhichte air Hamp 1951 ; faic cuideachd Oftedal 1962 : 94-6 agus Ellis 1965 : 315-7).

Srònachadh (samhla morfa-fòn-eòlach // ^N // : thèid consain dhùinte aig toiseach facail a ghuthachadh (airson tuairisgeil fogharach air na consain a gheibhear mar thoradh air faic § 5.2) ; chan eil consain eile gan atharrachadh.

Sèimheachadh (samhla morfa-fòn-eòlach // ^L //) : thèid consain dhùinte, siosaich, agus /m/, aig toiseach facail, atharrachadh nan suathaich ; thèid /N'/ agus /N/ atharrachadh gu /n/, /L'/ gu /l'/, (/L/ gu /t/ : teipn. SA), agus /R/ gu /r/ ; tha /f/ a' tuiteam às ; thèid na còmhlain siosach +

¹²⁵¹ morphophonemic symbols

¹²⁵² double slashes

¹²⁵³ attached to the element preceding the mutated element

¹²⁵⁴ as regards the convention for the symbols themselves

sònarach srònach neo-bhileach, siosach plus taobhach, agus /str/, atharrachadh nan sònaraich anailichte.

Sèimheachadh an dèidh an uilt (samhla morfa-fòn-eòlach // ^{La} //): tha seo na chothlamadh air srònachadh (air consain dhùinte dheudach neodrail, dheudach palataichte, agus ailbhealach) agus air sèimheachadh (air consain dhùinte bhileach, vèilearach palataichte, agus vèilearach neo-phalataichte), còmhla ri atharrachaidhean eile air na siosach agus air na còmhlain /fr/, /fr'/ agus /fL'/. Gheibhear an seòrsa muthadh seo an dèidh an uilt san tabhartach agus sa ghinideach shingilte fhìreanta, agus san ainmearach agus san tabhartach shingilte bhoireanta.

Ann a bhith a' roinn nam muthaidhean fò na trì cinn seo, thathar a' leantainn ris an t-seòrsachadh a rinn Oftedal 1956 orra; anns na clàir a leanas gheibhear àireamh de mhion-atharrachaidhean¹²⁵⁵ stèidhichte air MacAulay 1962. Air an làimh eile, tha an anailis aig Cram (1975; tha Cram an seo a' togail air an anailis bho thaobh fheartan¹²⁵⁶ aig Rogers 1972) air na mùthaidhean morfa-fòn-eòlach ann an Gàidhlig na h-Alba eadar-dhealaichte:

'It will be argued that nasalization is an instance of (non-automatic) *phonological* conditioning, and that lenition is an instance of *grammatical* conditioning. ... [L]enition and nasalization are instances of quite different types of conditioning' (Cram 1975: 364);

agus:

'the rules for mutation in Gaelic differ in their domain of application: nasalization rules applying only within word boundaries and lenition rules applying both within the word and also within the domain of the phrase' (Cram 1975: 371-2).

Cf. Rogers 1972: 64:

'The analysis here avoids [Hamp's and Oftedal's] arbitrary morphophonemes and attempts to describe the conditioning in terms of either natural phonological segments or morphological features'.

¹²⁵⁵ modifications

¹²⁵⁶ feature analysis

Fon anailis aig Cram, an àite a bhith a' cleachdadh shamhlaidhean morfa-fòn-eòlach, bhitheadh am factar cùmhachaidh airson sèimheachaidh¹²⁵⁷ air a riochdachadh le feart moirfeimeach de sheòrsa {Lnt}, agus am factar cumhachaidh airson srònachaidh leis an teasgan fhòn-eòlach /N/ (cf. Cram 1975 : 366). Ach ged a bhitheadh e gun teagamh buannachdail an anailis seo a chur ris na mùthaidhean morfa-fòn-eòlach an Gl., dh'fheumte an tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh airson seo a thoirt gu buil, agus 's e an siostam aig Ofteal 1956 (còmhla ri mionatharraichaidhean bho MacAulay 1962) a thèid a chur gu feum an seo.

10.2.3 Clàir mhùthaidhean (_(SA) = air teipn. SA a-mhàin).

Consain dhùinte neo-anailichte

Bunasach	/p	t	t´	t̥	k´	k
Srònaichte	b	d	d´	d̥	g´	g
Sèimhichte	v	ʏ	ʏ´	ʏ̥	ʏ´	ʏ
Sèimh. an dèidh an uilt	v	d	d´	d̥	ʏ´	ʏ/

Consain dhùinte anailichte

Bunasach	/p ^h	t ^h	t ^h ´	t̥ ^h	k ^h ´	k ^h
Srònaichte	b ^h	d ^h	d ^h ´	d̥ ^h	g ^h ´	g ^h
Sèimhichte	f	h	h, h̥j	h	x´	x
Sèimh. an dèidh an uilt	f	d ^h	d ^h ´	d̥ ^h	x´	x/

Sònaraich (gheibhear mùthadh air /L/ air teipn. SA a-mhàin)

Bunasach	/m	N´	N	L´	L _(SA)	R
Srònaichte	m	N´	N	L´	*L	R
Sèimhichte	v	n	n	l´	ɫ	r
Sèimh. an dèidh an uilt	v	N´	N	L´	L	R/

¹²⁵⁷ the conditioning factor for lenition

Na suathaich /s/, /s'/, /f/, agus leth-fhuaimreag /j̥/

Bunasach	/s	s'	f	j̥
Srònaichte	s	s'	f	N', N'j̥
Sèimhichte	h	h, h̥j̥	nialas	j̥
Sèimh. an dèidh an uilt	d ^h	d ^h	N, N'	N', N'j̥/

/t^h/-chòmhlain

Bunasach	/t ^h n	t ^h L	*t ^h ɫ _(SA)	t ^h l'	t ^h r
Srònaichte	d ^h n	d ^h L	*d ^h ɫ	*d ^h l'	d ^h r
Sèimhichte	n ^h	L ^h	ɫ ^h	l' ^h	r ^h
Sèimh. an dèidh an uilt	d ^h n	d ^h L	*d ^h ɫ	d ^h l'	d ^h r/

/s/-chòmhlain

Bunasach	/sN	sn	sL	sL _(SA)	sl	str
Srònaichte	sN	sn	sL	sL	sl	str
Sèimhichte	n ^h	n ^h	L ^h	ɫ ^h	l ^h	r ^h
Sèimh. an dèidh an uilt	d ^h r	d ^h r, d ^h n	d ^h L	d ^h ɫ	d ^h l	d ^h r/

/s'/-chòmhlain

Bunasach	/s'j̥	s'N'	s'L'
Srònaichte	s'j̥	s'N'	s'L'
Sèimhichte	h̥j̥	n ^h	l' ^h
Sèimh. an dèidh an uilt	d ^h , d ^h j̥	d ^h r	d ^h l'/

/f/-chòmhlain

Bunasach	/fj	fL	fl'	fl	fr	fr'
Srònaichte	N', N'j	fL	fl'	fl	fr	fr'
Sèimhichte	j, Ø	L	l'	l	r	r
Sèimh. an dèidh an uilt	N', N'j	L	L'	l	R	R/

10.2.4 Eisimpleirean :

/p/ : /paLɔx/ *balach* ainr. fir. ~ sròn. /(\v) 'baLɔx/ *am balach* alt + ainr. ~ sèimh. /v'vaLiX'/ *a bhalaich* gairm. ~ sèimh. an dèidh an uilt /vaNv 'vaLɔx/ *don bhalach* roi. + alt + ainr. tabh.

/t/ : /tuŋN'v/ *duine* ainr. ~ sròn. /(\v) 'duŋN'v/ *an duine* alt + ainr. ~ sèimh. /v'vuŋN'v/ *a dhuine* gairm. ~ sèimh. an dèidh an uilt /r'is' v 'duŋN'v/ *ris an duine* roi. + alt + ainr. tabh.

/t'/ : /t'er'v'k/ *deireadh* ainr. ~ sròn. /(\v) 'd'er'v'k/ *an deireadh* ainr. cinnt. ; /t'ɔx/ *deoch* ainr. boir. ~ sèimh. /tv 'v'ɔx/ *do dheoch* ro-sheilbheach + ainr. ~ sèimh. an dèidh an uilt /(\v) 'd'ɔx/ *an deoch* alt + ainr.

/t/ : /te:k^hɔn/ *deucon* ainr. fir. ~ sròn. /(\v) 'de:k^hɔn/ *an deucon* ainr. cinnt. ; /t'ẽmp^hɔxk/ *dampachd* ainr. boir. ('DAMPNESS') ~ sèimh. /trɔx 'v'ẽmp^hɔxk/ *droch dhampachd* br. + ainr. ~ sèimh. an dèidh an uilt /l'es' v 'd'ẽmp^hɔxk/ *leis an dampachd* roi. + alt + ainr. tabh.

/k'/ : /k'ẽu₁r'v'k/ *geamhradh* ainr. fir. ~ sròn. /(\v) 'g'ẽu₁r'v'k/ *an geamhradh* alt + ainr. ; /k'ɔLuk/ *gealladh* ainr. fir. ~ sèimh. /tv 'v'ɔLuk/ *do ghealladh* ro-sheilbheach + ainr. ~ sèimh. an dèidh an uilt /l'es' v 'v'ɔLuk/ *leis a' ghealladh* roi. + alt + ainr. tabh.

/k/ : /ka:l'ik'/ *Gàidhlig* ainr. dil. boir. ~ sròn. /aNV 'ga:l'ik'/ *ann an Gàidhlig* roi. + ainr. ~ sèimh. /t'o 'va:l'ik'/ *deagh Ghàidhlig* br. + ainr. ~ sèimh. an dèidh an uilt /(\v) 'va:l'ik'/ *a' Ghàidhlig* alt + ainr.

/p^h/ : /p^hɔ:s/ *pòs* gr. àithn. ~ sròn. /k^hv 'b^hɔ:s at'/ *gum pòs iad* nr. + gr. eis. ~ sèimh /fɔ:s at'/ *phòs iad* gr. preit. ; /p^haNV/ *pana* ainr. fir. ~ sèimh. an dèidh an uilt /k^hẽu₁N' v 'faNV/ *ceann a' phana* ainr. + alt + ainr. gin.

/t^h/ : /t^hay/ *taigh* ainr. fir. ~ sròn. /(\gamma) 'd^hay/ *an taigh* alt + ainr. ~ sèimh. /ta: 'hay/ *dà thaigh àireamh* + ainr. ~ sèimh. an dèidh an uilt /ek' \gamma 'd^hay/ *aig an taigh roi.* + alt + ainr. tabh.

/t^h/ : /t^hin\gamma/ *teine* ainr. fir. ~ sròn. /(\gamma) 'd^hin\gamma/ *an teine* ainr. cinnteach ; /t^heyi/ *teangaidh* ainr. boir. ~ sèimh. /m\gamma 'hëyi/ *mo theangaidh* ro-sheilbheach. + ainr. ; /t^hũ:ntan/ *tionndan* gr. àithn. ~ sèimh. /hĩũ:ntan/ *thionndan* gr. preit. ; /t^hes/ *teas* ainr. fir ~ sèimh. an dèidh an uilt /(\gamma) 'd^hes/ *an teas* ainr. cinnt.

/t^h/ : /t^he.e/ *teatha* ainr. boir. ('TEA') ~ sròn. /(\gamma) d^he.e/ *an teatha* ainr. cinnt. ~ sèimh. /t^o 'he.e/ *deagh theatha* br. + ainr. ~ sèimh. an dèidh an uilt /y' eh\gamma d^he.e/ *den teatha roi.* + alt + ainr. tabh.

/k^h/ : /k^hãnix'\gamma/ *ceannaiche* ainr. fir. ~ sròn. /(\gamma) 'g^hãnix'\gamma/ *an ceannaiche* alt + ainr. ; /k^hi\gammaL/ *ciall* ainr. boir. ~ sèimh. /t\gamma 'x'i\gammaL/ *do chiall* ro-sheilbheach + alt ~ sèimh. an dèidh an uilt /'\gamma 'x'i\gammaL/ *a' chiall* alt. + ainr.

/k^h/ : /k^hat^h/ *cat* ainr. fir. ~ sròn. /(\gamma) 'g^hat^h/ *an cat* alt + ainr. ~ sèimh. /'\gamma 'xat^h/ *a' chait* alt + ainr. gin. ~ sèimh. an dèidh an uilt /yan \gamma 'xat^h/ *don chat* roi. + alt + ainr. tabh.

/m/ : /mũlox/ *mullach* ainr. fir. ~ sròn. /(\gamma) 'mũlox/ *am mullach* alt + ainr. ; /më:h\gammar'/ *màthair* ainr. boir. ~ sèimh. /m\gamma 'vë:h\gammar'/ *mo mhàthair* ro-sheilbheach + ainr. ~ sèimh. an dèidh an uilt /(\gamma) 'vë:h\gammar'/ *a' mhàthair* alt + ainr.

/N'/ : /N'arst/ *neart* ainr. fir. ~ sròn. /(\gamma) 'N'arst/ *an neart* alt + ainr. ~ sèimh. /m\gamma 'nerst/ *mo neart* ro-sheilbheach + ainr. ~ sèimh. an dèidh an uilt /les' \gamma 'N'arst/ *leis an neart* roi + alt + ainr. tabh.

/N/ : /Nã:tør/ *nàdar* ainr. fir. ~ sròn. /(\gamma) 'Nã:tør/ *an nàdar* alt + ainr. ~ sèimh. /trõx 'në:tør/ *droch nàdar* br. + ainr. ; /Nã:r'\gamma/ *nàire* ainr. boir. ~ sèimh. an dèidh an uilt /(\gamma) 'Nã:r'\gamma/ *an nàire* alt + ainr.

/L'/ : /L'enu/ *leanabh* ainr. fir ~ sròn. /(\gamma) 'L'enu/ *an leanabh* alt + ainr. ; /L'epi/ *leabaidh* ainr. boir. ~ sèimh. /m\gamma 'l'epi/ *mo leabaidh* ro-sheilbheach + ainr. ~ sèimh. an dèidh an uilt /as \gamma 'L'epi/ *anns an leabaidh* roi. + alt + ainr.

/L/ (air teipn. SA a-mhàin) : (gun eisimpleir de shrònachadh) ; /Lɑ:t'ɣr'/ *làidir* br. ~ sèimh.
/pətix' 'tɑ:t'ɣr'/ *bodaich làidir* ainr. iol. + br. ; /Lɑ:r/ *làr* ainr. fir. ~ sèimh. an dèidh an uilt.
/er' ɣ 'Lɑ:r/ *air an làr* roi. + alt + ainr.

/R/ : /Rut/ *rud* ainr. fir. ~ sròn. /(ɣ) 'Rut/ *an rud* alt + ainr. ~ sèimh. /tɑ: 'rut/ *dà rud* àireamh
+ ainr. ~ sèimh. an dèidh an uilt /l'es' ɣ 'Rut/ *leis an rud* roi. + alt + ainr. tabh.

/S/ : /sɔLɣs/ *solas* ainr. fir. ~ sròn. /(ɣ) 'sɔLɣs/ *an solas* alt + ainr. ~ sèimh. /t'o 'hɔLɣs/
deagh sholas br. + ainr. ~ sèimh. an dèidh an uilt /as ɣ 'dʰɔLɣs/ *anns an t-solas* roi. + alt +
ainr. tabh.

/s'/ : /s'esi/ *seasamh* agr. ~ sròn. /ha at' na 's'esi/ *tha iad nan seasamh* roi. leasaichte 3 iol.
+ agr. ~ sèimh. /ha mi namɣ 'hesi/ *tha mi nam sheasamh* roi. leasaichte 1 sg. + agr. ; /s'ɔni/
Seonaidh ainr. dil. ~ sèimh. /ɣ 'hɔni/ *a Sheonaidh* gairm. ; /s'ɛxkɔN'/ *seachdain* ainr. boir. ~
sèimh an dèidh an uilt /(ɣ) 'dʰɛxkɔN'/ *an t-seachdain* alt + ainr.

/f/ : /feskɣr/ *feasgar* ainr. fir. ~ sròn. /(ɣ) 'feskɣr/ *am feasgar* alt + ainr. ~ sèimh.
/tɑ: 'eskɣr/ *dà fheasgar* àireamh + ainr. ; /ful'/ *fuil* ainr. boir ~ sèimh. an dèidh an uilt
/(ɣ) 'Nuł'/ *an fhuil* alt + ainr. ; /fis/ *fios* ainr. fir. ~ sèimh. an dèidh an uilt /l'es' ɣ 'N'is/ *leis an*
fhios roi. + alt + ainr.

/j/ : /jɑLɔX/ *eallach* ainr. fir. ~ sròn. /ɑNɣ 'N'ɑLɔX/ *ann an eallach* roi. + ainr. ; /jɔ:Lɣs/
eòlas ainr. fir. ~ sròn. /ɑNɣ 'N'jɔ:Lɣs/ *ann an eòlas* roi. + ainr. ~ sèimh. /t'o 'jɔ:Lɣs/ *deagh*
eòlas br. + ainr. ; /jɑLɔX/ *eallach* ainr. fir. ~ sèimh. an dèidh an uilt /as ɣ 'N'ɑLɔX/ *anns an*
eallach roi. + alt + ainr. tabh. ; /jɔ:Lɣs/ *eòlas* ainr. fir. ~ sèimh. an dèidh an uilt
/l'es' ɣ 'N'jɔ:Lɣs/ *leis an eòlas* roi. + alt + ainr. tabh.

/tʰn/ : /tʰnũ:/ *tnùth* ainr. fir. ~ sròn. /(ɣ) 'dʰnũ:/ *an tnùth* alt + ainr. ~ sèimh. /fi:r' 'nʰũ:/ *fior*
tnùth cgr. + br. ~ sèimh. an dèidh an uilt /l'es' ɣ 'dʰnũ:/ *leis an tnùth* roi. + alt + ainr. tabh.

/tʰL/ : /tʰLus/ *thus* ainr. fir. ~ sròn. /(ɣ) 'dʰLus/ *an thus* alt + ainr. ; /tʰLɑ:/ *tlàth* br. ~ sèimh.
/kl'e 'Lʰɑ:/ *glè thlàth* cgr. + br. ; /tʰLaxk/ *tlachd* ainr. boir. ~ sèimh. an dèidh an uilt
/(ɣ) 'dʰLaxk/ *an tlachd* alt + ainr.

/tʰɪ/ (air teipn. SA a-mhàin) : (gun eisimpleir de shrònachadh) ; *tʰɪɑ:/ *tlàth* br. ~ sèimh.
/kʲɔrɔɟm tʰɑ:/ *gorm thlàth* br. + br. ; (gun eisimpleir de shèimheachadh an dèidh an uilt).

/tʰɪ/ : /tʰɪ'i:hɔxk/ *tligheachd* ainr. boir. ~ sròn. /ɑNɣ 'dʰɪ'i:hɔxk/ *ann an tligheachd* roi. +
ainr. ~ sèimh. /trɔx 'lʰi:hɔxk/ *droch thligheachd* br. + ainr. ~ sèimh. an dèidh an uilt
/ɣ 'dʰɪ'i:hɔxk/ *an tligheachd* alt + ainr.

/tʰr/ : /tʰrɔsk/ *trosg* ainr. fir. ~ sròn. /(\ɣ) 'dʰrɔsk/ *an trosg* alt + ainr. ~ sèimh. /tɑ: 'rʰɔsk/ *dà*
throsg àireamh + ainr. /ek' ɣ 'dʰrɔsk/ *aig an trosg* roi. + alt + ainr. tabh.

/sN/ : /sNã:/ *snàth* ainr. fir. ~ sròn. /(\ɣ) 'sNã:/ *an snàth* alt + ainr. ~ sèimh. /ɣ 'nʰẽ:/ *de*
shnàth roi. + ainr. ~ sèimh. an dèidh an uilt /ek' ɣ 'dʰrẽ:/ *aig an t-snàth* roi. + alt + ainr.

/sn/ : /snaɫs'ak/ *snaidseag* ainr. boir. ~ sròn. /ɑNɣ 'snaɫs'ak/ *ann an snaidseag* roi. + ainr. ;
/snɔk/ *snog* br. ~ sèimh. /kl'e: 'nʰɔk/ *glè shnog* cgr. + br. ; /snẽkʰ/ *sneac* ainr. boir. ~ sèimh. an
dèidh an uilt /(\ɣ) 'dʰrẽkʰ/ *an t-sneac* alt + ainr; /snaɫs'ak/ *snaidseag* ainr. boir. ~ sèimh. an
dèidh an uilt /(\ɣ) 'dʰnaɫs'ak/.

/sL/ : /sLã:N't'(\ɣ) / *slàint(e)* ainr. boir. ~ sròn. /ɑNɣ 'sLã:N't'(\ɣ) / *ann an slàint(e)* roi. +
ainr. ~ sèimh. /t'o 'Lʰã:N't'(\ɣ) / *deagh shlàint(e)* br. + ainr. ~ sèimh. an dèidh an uilt
/(\ɣ) 'dʰLã:N't'(\ɣ) / *an t-slàint(e)* alt + ainr.

/sL/ (air teipn. SA a-mhàin) : /sLɫuɣɟ/ *sluagh* ainr. fir. ~ sròn. /sLɫuɣɟ/ *an sluagh* alt (air a
bhàthadh) + ainr. ~ sèimh. /mo:r tʰɫuɣɟ' / *mòr shluagh* br. + ainr. ~ sèimh. an dèidh an uilt
/ɣɑnɣ 'dʰɫuɣɟ' / *dhan an t-sluagh* roi. + alt + ainr. tabh.

/sl/ : /slɫɪɟɫɫk/ *slaigh'deadh* agr. ~ sròn. /ɣɑ 'slɫɪɟɫɫk/ *gan slaighdeadh* roi. leasaichte
3 iol. + agr. ; /slɔ.ɔ/ *slotha* br. ('SLOW') ~ sèimh. /kl'e: 'lʰɔ.ɔ/ *glè shlotha* cgr. + br. ; /slaɫs' /
*slaid*s ainr. ('A HARD SLAP') ~ sèimh. an dèidh an uilt /l'es' ɣ 'dʰlaɫs' / *leis an t-slaid*s roi. + alt
+ ainr. tabh.

/str/ : /strɛ/ *sreath* ainr. boir. ~ sròn. /ɑNɣ 'strɛ/ *ann an sreath* roi. + ainr. ~ sèimh. /tɑ: 'rʰɛ/
dà shreath àireamh + ainr. ~ sèimh. an dèidh an uilt /(\ɣ) 'dʰrɛ/ *an t-sreath* alt + ainr.

/s'j/ : /s'jɔ:l/ *seòl* ainr. fir. ~ sròn. /(\gamma) 's'jɔ:l/ *an seòl* alt + ainr. ~ sèimh. /ta: 'h'jɔ:l/ *dà sheòl* àireamh + ainr. ~ sèimh. an dèidh an uilt /er' \gamma 'd'h'ɔ:l/ agus /er' \gamma 'd'h'jɔ:l/ *air an t-seòl* (ann an saor-chaochlaideachd?) roi. + alt + ainr. tabh.

/s'N' : /s'N'ẽxk(\gamma)/ *sneachd(a)* ainr. fir. ~ sròn. /(\gamma) 's'N'ẽxk(\gamma)/ *an sneachd(a)* alt + ainr. ~ sèimh. /trɔx 'n'hẽxk(\gamma)/ *droch shneachd(a)* br. + ainr. ~ sèimh. an dèidh an uilt /as \gamma 'd'h'rẽxk(\gamma)/ *anns an t-sneachd(a)* roi. + alt + ainr.

/s'L' : /s'L'ɛ:t'h'ɣtɣL/ *Slèiteadal* ainr. dil. fir. (ainm-àite 'SLATTADALE') ~ sròn. /aNɣ 's'L'ɛ:t'h'ɣtɣL/ *ann an Slèiteadal* roi. + ainr. ~ sèimh. /ɣ 'l'h'ɛ:t'h'ɣtɣL/ *do Shlèiteadal* roi. + ainr. ; /s'L'ik'ɣ/ *slige* ainr. boir. ~ sèimh. an dèidh an uilt /(\gamma) 'd'h'l'ik'ɣ/ *an t-slige* alt + ainr.

/fj/ : /fjãNɣk/ *feannadh* agr. fir. ~ sròn. /(\gamma) 'fjãNɣk/ *am feannadh* alt + ainr. ; /fjɔ:l' / *feòil* ainr. boir. ~ sèimh. /trɔx 'jɔ:l' / *droch fheòil* br. + ainr., /fjãNak/ *feannag* ainr. boir. ~ sèimh. /ta: 'jãNak/ no /ta: 'ẽNak/ *dà fheannag* àireamh + ainr. ~ sèimh. an dèidh an uilt /(\gamma) 'N'ãNak/ *an fheannag* alt + ainr. ; /fjɔ:l' / *feòil* ainr. boir. ~ sèimh. an dèidh an uilt /(\gamma) 'N'jɔ:l' / *an fheòil* alt + ainr.

/fL/ : /fLɔtɣk/ *flodadh* agr. ('TO FLOAT') ~ sròn /ɣ 'fLɔt a/ *am flod e* gr. teachd. eis. ~ sèimh. /(\gamma) dɣ 'Lɔt a/ *an do fhlod e* gr. preit. eis. ; /fLu/ *fluth* ainr. boir. ~ sèimh. an dèidh an uilt /er' \gamma 'Lu/ *air an fhuth* roi. + alt + ainr.

/fl' : /fl'uxɣk/ *fliuchadh* agr. fir. ~ sròn. /(\gamma) 'fl'uxɣk/ *am fliuchadh* alt + ainr. ~ sèimh. /mɣ 'l'uxɣk/ *mo fhliuchadh* ro-sheilbheach + ainr. ~ sèimh. an dèidh an uilt /l'es' \gamma 'L'uxɣk/ *leis an fhliuchadh*.

/fl/ : /flaɫ^h/ *flat* ainr. boir. ('A SAUCER') ~ sròn. /aNɣ 'flaɫ^h/ *ann am flat* roi. + ainr. ~ /mɣ 'laɫ^h/ *mo fhlat* ro-sheilbheach + ainr. ~ sèimh. an dèidh an uilt /(\gamma) 'laɫ^h/ *an fhlat* alt + ainr.

/fr/ : /fru:x/ *fraoch* ainr. fir. ~ sròn. /(\gamma) 'fru:x/ *am fraoch* alt + ainr. ~ sèimh. /prɔx 'ru:x' / *bruach fhraoich* ainr. boir. + ainr. ('A HEATHERY BANK') ~ sèimh. an dèidh an uilt /er' \gamma 'ru:x/ *air an fhraoch* roi. + alt + ainr.

/fr'/ : /fr'ekʁt/ *freagar* ainr. fir. ~ sròn. /(\ʁ)'fr'ekʁt/ *am freagar* alt + ainr. ~ sèimh.
 /t'o'rekʁt/ *deagh fhreagar* br. + ainr. ~ sèimh. an dèidh an uilt /l'es'ʁ'rekʁt/ *leis an fhreagar* roi. + alt + ainr.

10.2.5 A thaobh na h-ìomlaid¹²⁵⁸ eadar /h/ agus /h̥j/ mar an riochd sèimhichte air /tʰ/, /s'/, gheibhear /h/ ro na fuaimreagan beulaibh /i(:)/, /e(:)/, agus ro na dà-fhogharan a' tòiseachadh le eileamaid bheulaibh (/ɿiʁj/, /ɿiaj/) : /tʰi:L'/ *till* gr. àithn. ~ /hi:L'/ *thill* gr. preit., /tʰi.iN'/ *tighinn* agr. ~ /ʁ'hi.iN'/ *a thighinn* roi. + agr., /tʰɿir'ijmoxkin'/ *tiormachdainn* agr. (bt. 'tiormachadh') ~ /ʁ'hɿir'ijmoxkin'/ *a thiormachdainn* roi. + agr., /s'i:L't'ak/ *Sildeag* ainr. dil. ~ /ʁ'hi:L't'ak/ *do Shildeag* roi. + ainr. dil., /s'il'ʁk/ *sileadh* agr. ~ /ʁ'hil'ʁk/ *a shileadh* roi. + agr., /tʰe:mʁk/ *teumadh* agr. ~ /ʁ'he:mʁk/ *a theumadh* roi. + agr., /tʰex'ʁk/ *teicheadh* agr. ~ /ʁ'hex'ʁk/ *a theicheadh* roi. + agr., /s'e:t'ʁk/ *sèideadh* agr. ~ /ʁ'he:t'ʁk/ *a shèideadh* roi. + agr., /s'esi/ *seasamh* agr. ~ /ʁ'hesi/ *a sheasamh* roi. + agr.; /tʰɿiʁjlik'ʁk/ *tìodhlaigeadh* agr. ~ /ʁ'hɿiʁjlik'ʁk/ *a thìodhlaigeadh* roi. + agr., /tʰɿiajrin'tʰ(\ʁ)/ *tèarainnte* rgc. ~ /kl'e:'hɿiajrin'tʰ(\ʁ)/ *glè thèarainnte* cgr. + rgc., /s'ɿiʁjʁk/ *siabadh* agr. ('CASTING') ~ /ʁ'hɿiʁjʁk/ *a shiabadh* roi. + agr., /s'ɿiajʁx/ *sèabach* br. ('STEALTHY') ~ /kl'e:'hɿiajʁx/ *glè shèabach* cgr. + br.

Gheibhear /h̥j/ mar an riochd sèimhichte air /tʰ/, /s'/ ro fhuaimreagan cùlaibh /ɔ(:)/, /u(:)/, /ʁ(:)/ (cha d'fhuaras eisimpleirean de /tʰ/ no /s'/ air an sèimheachadh ro /u(:)/; de /tʰ/ air a shèimheachadh ro /o(:)/ no ro /ʁ/ goirid; de /s'/ air a shèimheachadh ro /ʁ(:)/). Cuimhnichear gu bheil /tʰ/ agus /s'/ uaireannan ann an saor-chaochlaideachd ri /tʰj/ agus /sj/ ro fhuaimreagan cùlaibh : faic m.e. § 4.5.3, § 4.7.4). Eisimpleirean : /tʰɔ:.ɔk/ agus /tʰjɔ:.ɔk/ *teòdhadh* agr. ~ /ʁ'hjɔ:.ɔk/ *a theòdhadh* roi. + agr., /s'ɔ:RS(\ʁ)/ *seòrs(a)* ainr. ~ /ta:'hjɔ:RS(\ʁ)/ *dà sheòrs(a)* àir. + ainr., /s'ʒni/ *Seonaidh* ainr. dil. ~ /ʁ'hjʒni/ *a Sheonaidh* gairm., /s'olʁk/ *sealladh* agr. ~ /ʁ'hj'olʁk/ *de shealladh* roi. + ainr., /tʰũ:ntan/ *tionndan* agr. ~ /ʁ'hjũ:ntan/ *a thionndan* roi.

¹²⁵⁸ alternation

+ agr., /t^hu/ *tiugh* br. ~ /kl'e: 'hju/ *glè thiugh* cgr. + br., /s'u:l'/ *siùil* ainr. iol. ~ /x 'hju:l'/ *de shiùil* roi. + ainr. iol., /s'u.uL/ *siubhal* agr. ~ /x 'hju.uL/ *a shiubhal* roi. + agr., /t^hx:Lɔx/ agus /t^hjɔ:Lɔx/ *teaghlach* ainr. ~ /tx 'hjɔ:Lɔx/ *do theaghlach* ro-sheilbheach + ainr. Cha d'fhuaras eisimpleir de /t^h/ ro dhà-fhoghar a' tòiseachadh le fuaimreig chùlaibh ; ach tha /s'/ ri fhaighinn ro dhà-fhoghar den t-seòrsa seo mar a leanas : (a) ro /t^houj/, far an e /hj/ a chluinnear mar riochd sèimhichte : /s' t^houjL^hxN'/ *sealltainn* agr. ~ /x 'hj^houjL^hxN'/ *a shealltainn* roi. + agr. ; agus (b) ro /t^haij/, le /h/ mar riochd sèimhichte : /s' t^haijN'g'/ *seang* br. ~ /kl'e: 'h^haijN'g'/ *glè sheang* cgr. + br.

Gheibhear /h/ mar an riochd sèimhichte air /t^h/, /s'/ ro /ε(:)/ an uair a tha an fhuaimreag air a leantainn le consan neo-shònarach (le /x/ mar eisgeachd), le sònarach neo-vèilearaichte, le hiatas no le nialas. Eisimpleirean : /t^hε/ *teth* br. ~ /kl'e: 'hε/ *glè theth* cgr. + br., /t^hɛy/ *teangaidh* ainr. ~ /mɔ 'hɛy/ *mo theangaidh* ro-sheilbheach + ainr., /s'ɛ.ɛk/ *seangadh* ainr. ('INSTEP') ~ /mɔ 'hɛ.ɛk/ *mo sheangadh* ro-sheilbheach + ainr., /s'ɛ:v/ *sèimh* br. ~ /kl'e: 'hɛ:v/ *glè shèimh* cgr. + br., /s'ɛnar'/ *seanair* ainr. ~ /mɔ 'hɛnar'/ *mo sheanair* ro-sheilbheach + ainr., /s'εrεy/ *searbh* br. ~ /kl'e: 'h^hεrεy/ *glè shearbh* cgr. + br., /s'el'fɔ/ *seilfe* ainr. ~ /ta: 'hel'fɔ/ *dà sheilfe* àir. + ainr.

San t-suidheachadh far a bheil fuaimreag /ε(:)/ air a leantainn le sònarach vèilearaichte no /x/, chunnacas (§ 4.1.4.8, § 4.1.5.5, § 4.2.1.2, § 4.2.1.3, § 4.2.6.2, § 5.10.1.2) gum faighear uaireannan neo-sheasmhachd eadar /t^hε(:)/, /t^hα(:)/, no /t^hja(:)/, agus eadar /s'ε(:)/, /s'α(:)/, no /s'ja(:)/ ; agus san aon dòigh gheibhear neo-sheasmhachd eadar /hε(:)-/ agus /hja(:)-/ sna riochdan shèimhichte. Eisimpleirean : /s'εxkɔN'/ no /s'αxkɔN'/ *seachdain* ainr. ~ /ta: 'hεxkɔN'/ no /ta: 'hjaxkɔN'/ *dà sheachdain* àireamh + ainr., /s'εRɔx/ no /s'αRɔx/ *searrach* ainr. ~ /ta: 'hεRɔx/ no /ta: 'hjaRɔx/ *dà shearrach* àireamh + ainr., /t^hεxkɔr'ɔxk/ *teachdaireachd* ainr. ~ /mɔ 'hεxkɔr'ɔxk/ no /mɔ 'hjaxkɔr'ɔxk/ *mo theachdaireachd* ro-sheilbheach + ainr., /t^hɛNix'/ no /t^hāNix'/ *teannaich* gr. àithn. ~ /hɛNix'/ no /hjaNix'/

theannaich gr. preit., /tʰɛ:RLɔX/ no /tʰɑ:RLɔX/) *Teàrlach* ainr. dil. ~ /ɣ ʰɛ:RLiX'/ no /ɣ ʰjɑ:RLiX'/ a *Theàrlaich* gairm, /tʰɑ:R/ *teàrr* ainr. ~ /t'o ʰjɑ:R/ *deagh theàrr* br. + ainr. Ro /ɛ/ no /ɑ/ ann an svarabhakti le sònarach : /tʰ[ɛLɑ]hɣtɣL/ no /tʰ[ɑLɑ]hɣtɣL/ *Tealldhadal* ainr. dil. ~ /ɣ ʰ[ɛLɑ]hɣtɣL/ agus /ɣ ʰj[ɑLɑ]hɣtɣL/ do *Thealldhadal* roi. + ainr., /s'[ɛLɑ]V/ *sealbh* ainr. ~ /fɔ ʰ[ɛLɑ]V/ agus /fɔ ʰj[ɑLɑ]V/ fo *shealbh* cgr., /s'[ɛLɑ]k/ no /s'[ɑLɑ]k/ *sealg* agr. ~ /ɣ ʰ[ɛLɑ]k/ agus /ɣ ʰj[ɑLɑ]k/ fo *shealg* roi. + agr. Ron dà-fhoghar /[ɛu]/ : /tʰ[ɛu]N/ *teann* br. ~ /kl'e: ʰ[ɛu]N/ *glè theann* cgr. + br., /s'[ɛu]¹duĩN'ɣ/ *seann-duine* ainr. ~ /fi:r' ʰ[ɛu]¹duĩN'ɣ/ *fior sheann-duine* br. + ainr. Cf. cuideachd /s'ɑLʰiN'/ *Sealtainn* ainr. dil. ~ /ɣ ʰɛLʰiN'/ agus /ɣ ʰjɑLʰiN'/ roi + ainr. (am beachd Oftedal 1956 : 120 fhuaras /s'ɑLʰiN'/ *Sealtainn* tro ais-riochdachadh bhon riochd shèimhichte /hjɑLʰiN'/ bho SL tabh. **Hjaltlandi**).

A thaobh na h-iomlaid eadar /N'/ agus /N'j/ mar an riochd srònaichte agus sèimhichte an dèidh an uilt, air /j/ agus air /fj/ aig toiseach facail, sa chumantas gheibhear /N'/ ro fhuaimreig ghoirid agus /N'j/ ro fhaimreig fhada, ach is dòcha gu bheil tomhas de neo-sheasmhachd ann. Faic na h-eisimpleirean ann an 10.2.4 shuas, agus cf. cuideachd : (fuaimreag ghoirid) /juxɣr'/ *iuchair* ainr. ~ /ɣ ʰN'uxɣr'/ *an iuchair* alt + ainr., /fjũNɣk/ *fionnadh* ainr. ~ /l'es' ɣ N'jũNɣk/ *leis an fhionnadh* roi. + alt + ainr. ; (fuaimreag fhada) /jɑ:RɣtɣL/ *Eàrradal* ainr. dil. ~ /ɑNɣ ʰN'jɑ:RɣtɣL/ *ann an Eàrradal* roi. + ainr., /jɔ:RNɣ/ *eòrna* ainr. ~ /l'es' ɣ N'jɔ:RNɣ/ *eòrna* roi. + alt + ainr., /jɔ:ON/ *Eòghann* ainr. dil. ~ /ɑNɣ ʰN'jɔ:ON/ *ann an Eòghann* roi. + ainr., /jũ:sɔXkɣN'/ *ionnsachdainn* agr. ~ /l'es' ɣ N'jũ:sɔXkɣN'/ *leis an ionnsachdainn* roi. + alt + agr., /ɣ ʰfjũ:;LɔX/ *am Fionn Loch* ainr. dil. ~ /ek' ɣ ʰN'jũ:;LɔX/ *aig an Fhionn Loch* roi. + alt + ainr.

10.2.6 Bheirear an aire gu bheil an còmhlán /fjã-/ a' sealltainn neo-sheasmhachd eadar /ɛ-/ agus /jã/ fo shèimheachadh, faic shuas (eisimpleir eile : /fjãNɣk/ *feannadh* agr. ~ sèimh. /trɔX ʰɛNɔk/ no /trɔX ʰjãNɔk/ *droch fheannadh* br. + ainr.)

Ann an cuid de dh'fhaclan-iasaid on Bheurla tha /f/ aig toiseach facail neo-mhùthach : /fɔ:n/ *fòn* ainr. ~ /er'ɣ 'fɔ:n/ *air a' fòn* roi. + alt + ainr., /fɔrk^hast/ *forecast* ainr. ('FORECAST') ~ /r'is' ɣ 'fɔrk^hast/ *ris a' forecast* roi. + alt + ainr., /flu.u/ *flutha* ainr. ('FLU') ~ /ɣ'ɛnɣ 'flu.u/ *den flu* roi. + alt + ainr.

Bidh e coltach gu bheil an /s'/ aig toiseach facail an ann /s'ɔ:RSɣ/ *seòrsa* br. neo-mhùthach an uair a thèid am facal a' chleachdadh gu buadhaireach ro ainmear : /xɑ ɲ'el' mi rɔ 'ɣ'ɹiɑɹ er' ɣ s'ɔ:RSɣ 'k^hɹɔ:l' s'ɪn/ *chan eil mi ro gheur air an seòrsa ceòl sin*.

Chithear shuas gur e /ɣ/ a gheibhear mar riochd sèmhichte air /t/. Ro fhuaimreig àird bheulaibh cluinnear alafon for-ghluaiste [ɣ.] no [ɥ.], agus e a' tighinn faisg air [j]; agus uaireannan bhithinn teagmhach an e fòineim /ɣ/ no /ɣ'/ a b' fheàrr a riochdaicheadh am foghar a bha ann. Eisimpleirean de riochdan sèmhichte air /t/ : ro fhuaimreig chùlaibh : /tɹl'/: *doil* br. ('DULL') ~ sèimh. /kl'e: 'ɣɹl'/: (le [ɣ-] no [ɥ-]) *glè dhoil* cgr. + br., /tɹp/ *doib* gr. àithn. ('DIP') ~ sèimh. /ɣɹp/ (le [ɣ-] no [ɥ-]) *dhoib* gr. preit. ; ro /ɛ/: /tʃmp^h/ *damp* br. ~ sèimh. /kl'e: 'ɣʃmp^h/ (le [ɣ-] no [ɥ-]) *glè dhamp* cgr. + br., /tɛk^h/ *deic* ainr. ('a deck') ~ sèimh. /ta: 'ɣɛk^h/ (le [ɥ-] no [ɥ. -]) *dà dheic* àireamh + ainr. ; ro fhuaimreig àird bheulaibh : /tɛ:k^hɔn/ *deucon* ainr. ~ /t'o 'ɣɛ:k^hɔn/ (le [ɣ. -] no [ɥ. -]) *deagh dheucon* br. + ainr ; a thaobh /tɛl'ar'/ *deileir* ainr. ('LADLE') tha neo-sheasmhachd fo shèimheachadh eadar na trì riochdan /ta: '[ɣ.]el'ar'/ (/ta: 'ɣel'ar'/) le sèimheachadh den /t/ aig toiseach facail gu /ɣ/, /ta: '[j]el'ar'/ (/ta: 'ɣ'el'ar'/) *dà dheileir* le sèimheachadh den /t/ gu /ɣ'/, agus /ta: '[t]el'ar'/ (/ta: 'tel'ar'/) *dà deileir* gun mhùthadh idir air an /t/ aig toiseach facail.

Airson beachdachaidh air a' ghluasad altachail¹²⁵⁹ a gheibhear sna còmhlain /t^{hn}/, /d^{hn}/, /t^hl'/, /d^hl'/, /d^hl/ agus /d^hl/, faic §5.14.4.

¹²⁵⁹ as regards the articulatory gesture

A thaobh nam mùthaidhean /fʲ/ bun. ~ sèimh. /lʲ/ ~ sèimh. an dèidh an uilt /Lʲ/, agus /frʲ/ bun. ~ sèimh. /r/ ~ sèimh. an dèidh an uilt /R/, cf. MacAulay 1962 : td. 159, § 10.7, agus td. 163, § 13.9.1, far a bheil tuairisgeul ga thoirt air an aon suidheachadh ann an Beàrnaraigh Leòdhais.

10.2.7 Tha Robertson (1899-1901 : 337) a' sgrìobhadh (mu Ros an Iar san fharsaingeachd) :

‘Slender *l* at the beginning of words tends to retain its unaspirated sound in all cases. Leac (a flat stone) is rightly pronounced lleac [i.e. le /Lʲ-/ — RGW], but with dà (two), which causes aspiration prefixed, it is still apt to be pronounced dà lleac instead of dà leac. The Imperative lion [sic “i”] (fill) is rightly llion, but the Past Indicative, which ought to be lion, is also llion. An do fhliuch thu e (did you wet it) also is an do fhlliuch thu e.’

Ach a dh’aindheoin an tuairisgeil seo aig Robastan air an t-suidheachadh bho chionn ceud bliadhna, tha e sònraichte gu bheil sèimheachadh mar mhùthadh sioncronach air an taobhach phalataichte /Lʲ/, gu /lʲ/, a’ tachairt gu cunbhalach air dà thaobh Loch Gheàrrloch an diugh (faic shuas §§ 10.2.3. 10.2.4, agus cf. Borgstrøm 1941 : 97 :

‘Initially /lʲ/ is usually the lenited form of /Lʲ/’).

Agus mar dhaingneachadh air an seo, dh’innis CNC dhomh, mar eisimpleir, gu robh aon teaghlach anns na h-Òbainean (am baile dom buin CNC) aig nach bitheadh sèimheachadh air /Lʲ/ aig toiseach facail, ach gun robh iad eadar-dhealaichte ri càch (agus fios aig daoine air an sin), oir bha an sèimheachadh ri chluinntinn aig a h-uile duine eile sa bhaile.

A -rithist, a thaobh mùthaidh air an t-srònach tha Robertson (1899-1901 : 338) a’ sgrìobhadh :

‘Initial broad *n* is aspirated in all positions, that is, it is always sounded the same as when preceded by a word causing aspiration.’

Ach chan eil seo fìor airson dà thaobh Loch Gheàrrloch an diugh, far am faighear am mùthadh /N/ bunasach aig toiseach facail ~ /n/ sèimhichte, gu cunbhalach (§§ 10.2.3. 10.2.4). Tha seo ag aontachadh ri Borgstrøm (1941 : 95) : ‘In initial position /n/ is the lenited form of /N/ and /Nʲ/’.

10.3 Mùthaidhean ro-fhuaimreagach

Mar a chaidh iomradh shuas, ann am mùthaidhean ro-fhuaimreagach thèid consan a chur mar ro-leasachan ri fuaimreig aig toiseach facail, agus cuideachd ri fuaimreig a fhuaras aig toiseach facail mar thoradh air sèimheachadh air /f/. Anns na leanas seallar eisimpleirean de mhùthaidhean air fuaimreig chùlaibh, air /ɛ(:)/ a fhuaras mar thoradh air a' chinneachadh dhualchainnteach /ǣ(:)/ → /ɛ(:)/ (faic § 4.2.2), air fuaimreagan beulaibh eile, agus air /j/. Chithear gu bheil leth-fhuaimreag /j/ a' faighinn nan aon mhùthaidhean ris na fuaimreagan àrda beulaibh, ach gum bi i fhèin uaireannan a' tuiteam às (saor bhon chiad mhùthadh (a) shìos : ro-leasachan /h-/ , far a bheil i an-còmhnaidh air a gleidheadh).

(a) Ro-leasachan /h-/ (samhla morfa-fòn-eòlach // ^h //) : /ɔLk^h/ *olc* br. ~ /kɣ 'hɔLk^h/ *gu h-olc* cgr., /t͡ɕnɛɲm/ *ainm* ainr. ~ /nɣ 'h_t͡ɕnɛɲm/ *na h-ainm* ro-sheilbheach + ainr. (bt. 'ur n-ainm'), /ex'/ *eich* ainr. iol. /nɣ 'hex'/ *na h-eich* alt + ainr. iol., /juxɣr'/ *iuchair* ainr. ~ /t^houjL nɣ 'h_juxɣɔx/ *toll na h-iuchrach* ainr. + alt + ainr. gin.

(b) Ro-leasachan /N-/ no /N'-/ (samhla morfa-fòn-eòlach // ^N //) : /t͡ɕiɲx'(ɣ)/ *oidhch(e)* ainr. ~ /ɣ 'N_t͡ɕiɲx'(ɣ)/ *an oidhch(e)* alt + ainr., /t͡ɕhuɣ'/ *amhaich* ainr. ~ /ɣ 'N_t͡ɕhuɣ'/ *amhaich* alt + ainr., /il'i_jmak/ *ilmeag* ainr. (bt. 'imleag') ~ /ɣ 'N'il'i_jmak/ *an ilmeag* alt + ainr., /jɑLɔx/ *eallach* ainr. ~ /ɑs ɣ 'N'ɑLɔx/ *anns an eallach* roi. + alt + ainr., /jɔ:Lɣs/ *eòlas* ainr. ~ /l'es' ɣ 'N'jɔ:Lɣs/ *an t-eòlas* alt + ainr.

(c) Ro-leasachan */t^h-/ no */t'^h-/ (samhla morfa-fòn-eòlach // ^T //) a gheibhear a-mhàin còmhla ri srònachadh (samhla morfa-fòn-eòlach // ^N //) an dèidh an uilt san ainmneach shingilte fhìreanta ; tha an cothlamadh den dà mhùthadh // ^{NT} // air a rèalachadh mar ro-leasachan /d^h-/ no /d'^h-/ : /ɑhɣr'/ *athair* ainr. ~ /ɣ 'd^hɑhɣr'/ *an t-athair* alt + ainr., /t͡ɕN'ɔLɣs/ *aineolas* ainr. ~ /ɣ 'd^ht͡ɕN'ɔLɣs/ *an t-aineolas* alt + ainr., /ex/ *each* ainr. ~ /ɣ 'd^hex/ *an t-each* ainr., /jɔ:Lɣs/ *eòlas* ainr. ~ /ɣ 'd^hjɔ:Lɣs/ *an t-eòlas* alt + ainr.

(d) Suathach /ɣ-/ no /ɣ'-/ mar ro-leasachan (samhla morfa-fòn-eòlach // ^F //) : /ɑ:l'ik'in'/ *Àiliginn* ainr. dil. ~ /ɣ 'ɑ:l'ik'in'/ *do dh'Àiliginn* roi. + ainr., /t͡ɕnɛɲvi/ *ainmhidh* ainr. ~

/ʁ 'y̥ʃɛɲɛɣvi/ de dh'ainmhidh roi. + ainr., /ɟɑLɔX/ eallach ainr. ~ /ʁ 'y̥ɑLɔX/ de dh'eallach roi.
 + ainr., /jɔ:LʁS/ eòlas ainr. ~ /ʁ 'y̥jɔ:LʁS/ de dh'eòlas roi. + ainr.

(e) Ro-leasachan /k-/ no /k'-/ (samhla morfa-fòn-eòlach // ^G //) a gheibhear a-mhàin an dèidh mion-fhacal an neo-fhinidich ('infinitive mark' Oftedal 1956 : § 211(e), td. 170) //(ʁ)^G// : /ha a 'kɔ:L/ tha e ag òl, /ha a 'kɛmʁs'k'ɔxkiN'/ tha e ag amaisgeachdainn, /ha a 'k'ih/ tha e ag ithe, /ha a 'k'ũ:Ntran/ tha e ag ionndran agr.

Bheirear an àire a thaobh nam mùthaidhean air fad ach a' chiad fhear gu bheil dà ro-leasachan chonsanach ann, fear neo-phalataichte is fear palataichte. Gheibhear an ro-leasachan neo-phalataichte : ro fhuaimreagan cùlaibh, ro dhà-fhogharan a' tòiseachadh le eileamaid cùlaibh, agus ron fhuaimreig bheulaibh /ɛ(:)/ a fhuaras mar thoradh air a' chinneachadh dhualchainnteach /ǎ(:)/ → /ɛ(:)/; gheibhear an ro-leasachan palataichte : ro fhuaimreagan beulaibh eile, ron leth-fhuaimreig /j/ agus ro dhà-fhogharan a bhitheas a' tòiseachadh le eileamaid bheulaibh.

Tha àireamh bheag de dh'fhaclan ann leis an fhuimreig chùlaibh /ʁ/ no le dà-fhoghar /[ʁi]/ aig a bheil ro-leasachain phalataichte, an aghaidh na riaghailte : /fʁyɪN'/ (fuaim. caoch.) *feadhainn* ainr. ~ /ʁ 'N'ʁyɪN'/ an *feadhainn* alt + ainr. ; /k'ʁN'ʁn/ *geinnean* ainr. iol. ('WEDGES') ~ /t'o 'y̥ʁN'ʁn/ *deagh gheinnean* br. + ainr. ; /k'[ʁi]N'/ *geinn* ainr. ~ /ta: 'y̥[ʁi]N'/ *dà gheinn* àireamh + ainr. Tha /ʁ 'y̥ʃɛN'ɔn/ a *dh'aindeoin* roi., riochd a chluinnear ann an saor-chaochlaideachd còmhla ri /ʁ 'y̥ʃɛN'ɔn/, na eisgeachd ris an riaghailt gum faighear ro-leasachan palataichte ro /ɛ(:)/ a fhuaras mar thoradh air a' chinneachadh dhualchainnteach /ǎ(:)/ → /ɛ(:)/. A thaobh /f ɛk^h/ *faic* gr. teachd. eis., /f ɛk^h/ *faic* gr. àithn., cluinnear /xɑ 'Nɛk^h/ *chan fhaic* an-còmhnaidh an Gl. (le /N/ neo-phalataichte, an co-rèir ris an riaghailt shuas), agus ann am Mealabhaig cluinnear cuideachd /f ɛk^h(ʁ)/ *fac(a)* gr. preit. eis. agus /xɑ 'Nɛk^h(ʁ)/ (t. deas : /f ǎk^h(ʁ)/ *fac(a)* agus /xɑ 'Nǎk^h(ʁ)/).

10.4 Dàimhealachd eadar mùthaidhean consanach agus ro-fhuaimreagach

Tha an tuairisgeul a thug Oftedal (1956 : § 213, td. 171) fìor a thaobh Gl., 's e sin gu feum a h-uile morfeim a dh'adhbharaicheas mùthadh, aon ghnè de mhùthadh chonsanach agus aon ghnè de mhùthadh ro-fhuaimreagach. Seallar an seo na prìomh chothlamaidhean¹²⁶⁰ a gheibhear air na mùthaidhean consanach agus ro-fhuaimreagach.

Mùthadh consanach	Mùthadh ro-fhuaimreagach	Samhla morfa-fòn-eòlach	Eisimpleir de mhoirfeim a nì mùthadh
bunasach	gun gin	gun gin	//xɔ// <i>cho</i> cgr.
bunasach	/h-/	// ^h //	//nɣ ^h // <i>na</i> ro-sheilbheach 1 iol.
bunasach	/k-/ , /k'-/	// ^G //	//(ɣ) ^G // <i>ag</i> mion-fhacal an neo-fhinidich
srònaichte	/N-/ , /N'-/	// ^N //	//aNɣ ^N // <i>ann an</i> roi.
srònaichte	*/t ^h -/ , */t' ^h -/	// ^{NT} //	//(ɣ) ^{NT} // <i>an t-</i> riochd den alt
sèimhichte	gun gin	// ^L //	//kl'e: ^L // <i>glè</i> cgr.
sèimhichte	/ɣ-/ , /ɣ'-/	// ^{LF} //	//(ɣ) ^{LF} // <i>do</i> , <i>a</i> roi.
sèimhichte	/N-/ , /N'-/	// ^{LN} //	//xɑ ^{LN} // <i>cha</i> mion-fhacal àicheil
sèimhichte an dèidh an uilt	/N-/ , /N'-/	// ^{La} //	//ɑsɣ ^{La} // <i>anns an</i> roi. + alt

Tha eisimpleirean rim faighinn de chothlamaidhean eile :

(i) an naisgear //marɣ^h// *mur* : cha bhi seo a' mùthadh consain aig toiseach facail ach a-mhàin /f/, a bhitheas /h/ air a chur na àite ; bidh e a' cur /h/ mar ro-leasachan ri fuaimreagan.

Eisimpleirean : /marɣ 'kav/ *mur gabh* nr. + gr. teachd. eis., /marɣ 'har'ix'/ *mara h-fhairich* nr. + gr. teachd. eis., bt. 'mur fairich', /marɣ 'hel'/ *mara h-eil* nr. + gr. subb. làth. eis., bt. 'mur eil'.

(ii) an naisgear agus mion-fhacal àicheil //nax// *nach*, a bhitheas air a' leantainn le toiseach facail bunasach ach a-mhàin le /f/, a bhitheas a' tuiteam às. Eisimpleirean : /nax 'kav/ *nach gabh* nr. + gr. teachd. eis., /nax 'ar'ix'/ *nach fhairich* nr. + gr. teachd. eis., /nax 'el'/ *nach eil* nr. + gr. subb. làth. eis.

Gheibhear dàimhealachd mhì-riaghailteach eadar cuid de na gnìomhairean mì-riaghailteach agus na moirfeimean a nì mùthadh, nì a nochdar gu sònraichte sa mhùthadh /h/ ~ /t/ no /tʰ/, m.e. : /hɔrʰ/ *thoir* gr. àithn. ~ /nax ʰtɔrʰ/ *nach doir*, bt. ‘nach toir’ ~ /kɣ ʰdɔrʰ/ *gun doir*, bt. ‘gun toir’, nr. + gr. eis. ; /he:tʰ/ *thèid* gr. teachd. neo-eis. ~ /nax ʰtʰe:tʰ/ *nach dèid*, bt. ‘nach tèid’, nr. + gr. eis. ~ /kɣ ʰdʰe:tʰ/ *gun dèid*, bt. ‘gun tèid’, nr. + gr. eis. ; /hikʰ/ *thig* gr. teachd. neo-eis. ~ /nax ʰtʰikʰ/ *nach dig*, bt. ‘nach tig’, nr. + gr. eis. ~ /kɣ ʰdʰikʰ/ *gun dig*, bt. ‘gun tig’, nr. + gr. eis.

MÙTHAIDHEAN GUN A BHITH AIG TOISEACH FACAIL¹²⁶¹

10.5 Palatachadh

Leannan Oftedal (1956 : 172) a thaobh cleachdadh an fhacail ‘palatachadh’ (‘palatalisation’) gus cuid de mhùthaidhean a chiallachadh ; ’s iad sin, mùthaidhean, gun a bhith aig toiseach facail, ann an consain agus ann am fuaimreagan an dà chuid ann an suidhichidhean le beum is gun bheum. Faodaidh am palatachadh a bhith air a chleachdadh mar mhoirfeim leis fhèin no air a chothlamadh le deiridhean facail.

10.5.1 Palatachadh consanach

10.5.1.1 ’S iad na leanas na consain a tha buailteach do phalatachadh mar mhùthadh morfa-fòn-eòlach an Gl. : (buidheann (a)) /t, tʰ, k, kʰ, v, ɣ, x, s, N, n, L, ł, r/ ; chithear gu bheil na consain seo air fad gun altachadh palatach no palataichte aca. Chan eil na consain eile buailteach do phalatachadh mar mhùthadh morfa-fòn-eòlach, no co-dhiù cha d’fhuaras eisimpleir dhiubh gam palatachadh airson an adhbhair seo ; faodar an roinn ann an dà bhuidhinn : (b) consain aig a bheil altachadh palatach no palataichte : /tʰ, tʰʰ, dʰ, dʰʰ, kʰ, kʰʰ, ɣʰ, ɣʰʰ, xʰ, sʰ, Nʰ, Lʰ, lʰ, rʰ, rʰʰ/ ; (c) consain aig nach eil altachadh palatach no palataichte : /p, pʰ, b, bʰ, d, dʰ, t, tʰ, d, dʰ, g, gʰ, f, h, m, nʰ, R, Rʰ, rʰ, Lʰ, l, lʰ, łʰ/. Tuigear bhon seo (i) nach gabh consan palatach no palataichte a bhith air a phalatachadh ‘gu dùbailt’

¹²⁶⁰ combinations

mar mhùthadh morfa-fòn-eòlach ; agus (b) nach gabh na leanas a bhith air am palatachadh mar mhùthadh morfa-fòn-eòlach : consain dhùinte ghuthach, consain dhùinte bhileach (neo-ghuthach agus ghuthach), consain dhùinte aibhealach (neo-ghuthach agus ghuthach) ; an suathach bhileach neo-ghuthach agus an suathach glotasach ; na sònaraich anailichte, na sònaraich neo-anailichte /m/ agus /R/ ; agus an sònarach /l/ (mar a bhitheadh dùil, oir chan fhaighear seo ach aig toiseach facail no ann an còmhlain aig toiseach facail ann am faclan-iasaid bhon Bheurla).

Mar thoradh air palatachadh consanach mar mhùthadh morfa-fòn-eòlach¹²⁶² thèid consan no còmhlan palatach no palataichte bho bhuidhinn (b) shuas a chur an àite consain no còmhlain ann am buidhinn (a) ; 's iad na co-fhreagairtean¹²⁶³ a fhuaras an Gl. :

Buidheann (a) /t t^h k k^h v ɣ x x s n n l l ʃ r

Buidheann (b) /t' t'^h k' k'^h ɣ' ɣ' x' ɣ' s' n' n' l' l' l' r'/

Coltach ris an fhòineim /R/ fhèin, chan eil na /R/-chòmhlain buailteach do phalatachadh consanach. Cuideachd, chan eil an còmhlan /xk/ buailteach do phalatachadh consanach, ged a dh'fhaodas an dà chuid /x/ agus /k/ a bhith air am palatachadh.

10.5.1.2 Ann am faclan le svarabhakti faodar an dà chuid an consan ron fhuaimreig svarabhakti (C_x), agus an consan a tha ga leantainn (C_n), a bhith air am palatachadh, m.e. /s'ɾlɑj/ *sealg* agr., gin /s'ɾl'ej/ *seilg* ; /t'ɛɾɛjk/ *dearg* br., /nɾs 't'ɾ'ej/ *nas deirge* br. coim. ; /t^hɾɑjv/ *tarbh* ainr., /t^hɾ'ɑj/ (fuaim. caoch.) *tairbh* gin. sg. agus ain. iol. Ma bhuineas an consan ron fhuaimreig svarabhakti (C_x) do bhuidhinn (a) shuas (consain a tha buailteach do phalatachadh) agus an consan eile (C_n) do bhuidhinn (c) (consain nach eil buailteach do phalatachadh) faodaidh a' chiad chonsan fhathast a bhith air a' phalatachadh mar

¹²⁶¹ initial mutations

¹²⁶² consonantal palatalisation as a morphophonological mutation consists of...

¹²⁶³ correspondences

mhùthadh morfa-fòn-eòlach, m.e. /k_lɔɾɔ_jm/ *gorm* br., /nɤs 'k_lur'ujmɤ/ *nas guirme* br. coim. (Cha d'fhuaras eisimpleir den iom-mhalairt shuidhichidhean eile a dh'fhaodadh a bhith ann¹²⁶⁴ : (i) C_n a bhith a' buntainn do bhuidhinn (c), agus C_x a bhith a' buntainn do bhuidhinn (a) agus a' faighinn palatachadh morfa-fòn-eòlach ; (ii) C_x a bhith a buntainn do bhuidhinn (b) no (c), agus C_n a bhith a' buntainn do bhuidhinn (a) agus a' faighinn palatachadh morfa-fòn-eòlach). Ann an suidhichidhean far an e fòineim /r/ a tha ann an C_x agus consan a bhuineas do bhuidheann (a) a tha ann an C_n, fhuaras eisimpleirean de C_n a bhith air a phalatachadh ach C_x a bhith a' fuireach gun mhùthadh : /L_luru_jk(ɤ)/ *lurg(a)* ainr. ('A SHIN, A HAFT'), /L_luru_jk' nɤn/ *luirgnean*, ainr. iol. ; /t_lɔɾɔ_jx(ɤ)/ *dorch(a)* br., /nɤs 't_luru_jx'ɤ/ *nas duirche* coim. ; agus gu sònraichte mar fhuaimneachadh caochlach mas e /ɤ'/ a tha ann an C_n : /sk_lar_ajv/ *sgarbh* ainr., /sk_lar_ajɤ'/ (fuaim. caoch. còmhla ri /sk_lar'ar_ajɤ'/) *sgairbh* gin. sg. agus ain. iol. ; /t^har_ajv/ *tarbh* ainr., /t^har_ajɤ'/ (fuaim. caoch. còmhla ri /t^har'ar_ajɤ'/) *tairbh* gin. sg. agus ain. iol. ; /t_lɔɾɔ_jv/ *dorgh* ainr., /t_luru_jɤ'/ *duirgh* iol.

10.5.1.3 Eisimpleirean de phalatachadh consanach (ann an suidhichidhean le beum agus gun bheum) :

/t/ ~ /t'/ : /at/ *ad* ainr. ~ /at'ɤ/ gin. *aide*, /s'ia_jt/ *seud* ainr. ~ iol. /s'jɔ:t'/ *seòid*, /ar_aj k'ɤt/ *airgead* ainr. ~ gin. /ar_aj k'it'/ *airgid*.

/t^h/ ~ /t'^h/ : /k^hat^h/ *cat* ainr. ~ iol. agus gin. sg. /k^hat'^h/ *cait*.

/k/ ~ /k'/ : /Lak/ *lag* br. ~ coim. /nɤs 'Lak'ɤ/ *nas laige*, /pr'ia_jk/ *breug* ainr. ~ gin. /pr'e:k'ɤ/ *brèige*, /p_lal_aj k/ *balg* ainr. ~ iol. /p_luL_uj k'/ *builg*, /a.uk/ *abhag* ainr. ('A TERRIER') ~ iol. /a.uk'/ *abhaig*.

/k^h/ ~ /k'^h/ : /pak^h/ *bac* ainr. ~ ainr. iol. agus gin. sg. /pak'^h/ *baic*.

/v/ ~ /ɤ'/ : /sa:v/ *sàbh* ainr. ~ ainr. iol. agus gin. sg. /sa:ɤ'/ *sàibh*, /m_lar_ajv/ *marbh* br. & ainr. ~ ainr. iol. /m_lar'ar_ajɤ'/ (M.) *mairbh*.

/ɤ/ ~ /ɤ'/ : /k^hLɤɤ/ *cladh* ainr. ~ gin. /k^hLɤɤ'/ *claidh*, /sL_luɤjɤ/ *shuagh* ainr. ~ gin. /sL_luɤjɤ'/ *sluaigh*.

¹²⁶⁴ no example was found of the other possible permutations

/x/ ~ /x'/ (gheibhear am mùthadh seo an dèidh aon-fhogharan fada, dhà-fhogharan agus chòmhlán svarabhakti a-mhàin ann an lidean le beum; 's e a gheibhear an-còmhnaidh ann an lidean gun bheum): /fru:x/ *fraoch* ainr. ~ gin. /fru:x'/ *fraoich*, /pr₁u₁x/ *bruach* ainr. ('A BANK') ~ gin. /pr₁u₁x'(x)/ *bruaich(e)*, /t₁ɔ₁ɔ₁x(x)/ *dorch(a)* br. ~ coim. /nɔs 't₁uru₁x'x/ *nas duirche*, /paLɔx/ *balach* ainr. ~ gin. & iol. /paLix'/ *balaich*.

/x/ ~ /ɣ'/ (gheibhear seo an dèidh aon-fhogharan goirid ann an lidean le beum): /k^hLax/ *clach* ainr. ~ tabh. /k^hLɔɣ'/ *cloich* (cf. an t-ainm-àite / (x) ,xLɔɣ' 'ɣr'e:nx/ a' *Chloich Ghrèine*). Faodar an riochd gin. sg. /k^hLɔhi/ *cloiche* a thuigsinn mar /k^hLɔɣ'/ + morfa-fòineim //h// + iar-leasachan fhuaimreagach, i.e. mar //k^hLɔɣ'hi// (faic § 5.8.1.3).

/s/ ~ /s'/ : /k^has/ *cas* ainr. ~ gin. /k^hos'(x)/ *cois(e)*, /i₁x₁sk/ *iasg* ainr. ~ gin. /e:s'k'/ *èisg*, /tɔrxs/ *doras* ainr. ~ gin. /tɔrxs'/ *dorais*.

/N/ ~ /N'/ : /p₁ou₁N/ *bonn* ainr. ~ iol. /p₁ũi₁N'/ *buinn* iol., /i₁x₁R₁N/ *iarrann* ainr. (bt. 'iarann') ~ gin. /i₁x₁R₁N'/ *iarrainn* (bt. 'iarainn').

/n/ ~ /N'/ : /Rɔ:n/ *ròn* ainr. ~ iol. /Rɔ:N'/ *ròin*, /i₁ũa₁n/ *uan* ainr. ~ gin. & iol. /i₁ũa₁N'/ *uain*, /k^hul'an/ *cuilean* ainr. ~ gin. /k^hul'aN'/ *cuilein*.

/L/ ~ /L'/ : /t^hou₁L/ *toll* ainr. ~ gin. & iol. /t^hui₁L'/ *tuill*, /i₁r' i₁m₁L/ *irmeall* ainr. (bt. 'iomrall') ~ iol. /i₁r' i₁m₁L'/ *irmeill* (bt. 'iomraill').

/L/ ~ /l'/ : /k^ha:L/ *càl* ainr. ~ gin. /k^ha:l'/ *càil*, /s' i₁x₁L/ *sìol* ainr. ~ gin. /s' i:l'/ *sìl*, /f ɛk^hxL/ *facal* ainr. ~ gin. /f ɛk^hil'/ *facail*.

/t/ ~ /l'/ (teipn. SA a-mhàin) : /s' jɔ:t/ *seòl* ainr. ~ iol. /s' u:l'/ *siùil*.

/r/ ~ /r'/ : /ɔ:r/ *òr* ainr. ~ gin. /ɔ:r'/ *òir*, /f₁i₁a₁r/ *feur* ainr. ~ gin. /f₁ɔ:r'/ *feòir*, /k^hap₁r/ *cabar* ainr. ~ gin. & iol. /k^hap₁r'/ *cabair*.

10.5.1.4 A bharrachd orra seo faodar mùthaidhean a shealltainn an seo eadar /v/ no /ɣ/ agus nialas no hiatas (ann an suidheachadh le beum), agus eadar /k/ agus nialas (ann an suidheachadh gun bheum). Anns na mùthaidhean seo bidh e coltach gun deach an suathach palataichte /ɣ'/ (a fhuaras mar thoradh air a' mhùthadh) a chall an dèidh fuaimreig bheulaibh (mar aon-fhoghar,

mar an dara eileamaid de dhà-fhoghar, no mar an fhuaimreag eipinteach ann an còmhlan svarabhakti), no gu h-eadar-fhuaimreagach.

Buidheann (a)	/v	γ	k/
Riochd an dèidh mùthaidh	nialas no hiatas	nialas	nialas

Eisimpleirean :

/v/ ~ nialas no hiatas : /strɑ:v/ *sràbh* ainr. ('A STRAW') ~ iol. /strɑ:.in/ *sràibhean*, /k^hl'ɪɾv/ *cliabh* ainr. ~ iol. /k^hle:/ (còmhla ri /k^hle:v/) *clèibh*, /t^hlɑrɑv/ *tarbh* ainr. ~ gin. & iol. /t^hlɑr'ɪ/ (t. deas) *tairbh*.

/γ/ ~ nialas : /Lw:γ/ *laogh* ainr. ('A CALF') ~ gin. & iol. /Llɪγ/ *laoigh*, /fɪɾγ/ *fiadh* ainr. ~ gin. & iol. /fe:/ (còmhla ri /fe:γ/) *fèidh*.

/k/ ~ nialas : /ɑxɾk/ *achadh* ainr. ('AN OUT-FIELD') ~ gin. /ɑxi/ *achaidh*, /ɑs'ɾk/ *aiseag* no *aiseadh* ainr. ('A FERRY') (bt. 'aiseag') ~ gin. /ɑs'ɪ/ *aisidh* (bt. 'aiseig'), /fr'ihɑLɾk/ *frithealadh* agr. ~ gin. /fr'ihɑli/ *frithealaidh*.

10.5.1.5 Faodar mùthaidhean eile, eadar nialas agus /γ', agus eadar nialas agus /h/, a thuigsinn cuideachd mar phalatachadh morfa-fòineimeach. Gheibhear na mùthaidhean seo ann an stuid le deireadh facail fuaimreagach aig a bheil morfa-fòineim //h// an làthair ; cuimhnichear gu bheil am morfa-fòineim air às-dubhadh a rèir riaghailt ro *pausa* no ro iar-leasachain a tha a' tòiseachadh le consan, ach gu bheil e a' nochdadh mar /h/ ro iar-leasachain a tha a' tòiseachadh le fuaimreig¹²⁶⁵ (faic § 5.8.1.3). A thaobh a' mhùthaidh nialas ~ /γ', 's e a bhitheas a' tachairt, an uair a thèid an stoc a phalatachadh mar mhùthadh morfa-fòineimeach, gum faighear /γ' aig deireadh facail mar co-ghinearach palataichte de //h//¹²⁶⁶ (agus chithear gu bheil am mùthadh

¹²⁶⁵ the mutations in question occur in those vowel final stems having morphophoneme //h// present ; it will be recalled that the morphophoneme is deleted according to rule before *pausa* or consonant initial suffixes, but appears as /h/ before vowel initial suffixes

¹²⁶⁶ in the case of the mutation zero ~ /γ', what happens is that when the stem undergoes the morphophonological mutation of palatalisation, /γ' occurs word finally as the palatalised congener of //h//

seo a' co-fhreagairt ri seòrsa 7 aig Oftedal 1956 : § 214, td. 172). Anns a' mhùthadh nialas ~ /h/, gheibhear fòineim /h/ gu h-eadar-fhuaimreagach bhon riochd phalataichte //y'h// (cf. an t-eisimpleir /t^hahin/ mar riochd iolra bhon t-singilte //t^hay'h// ann an § 5.8.1.3). Eisimpleirean :

Nialas ~ /y' / : /k^hro/ *crodh* ainr. ~ gin. /k^hruy' / *cruidh* ; chithear gur e //k^hroh//, le morfa-fòineim //h// an làthair, an riochdachadh a tha ceart gu morfa-fòn-eòlach air an fhacal gun mhùthadh /k^hro/, bhon iolra /k^hrohɣn/ *crodhan* ('HERDS OF CATTLE') (aig a bheil fòineim /h/ a' nochdadh ron iar-leasachan iolra agus e a' toiseachadh le fuaimreig)¹²⁶⁷. (Air an làimh eile, chan eil am mùthadh /tu/ *dubh* br. ~ gin. sg. fir. /tuɣ' / *duibh* na eisimpleir air a' mhùthadh nialas ~ /y' /, oir chan fhaighear fòineim /h/ san riochd gin. sg. boir. /tu.i/ *duibhe*, no an uair a bhitheas an gnìomhair dì-bhuadhaireach /tu/ air a leantainn le iar-leasachan a tha a' toiseachadh le fuaimreig, m.e. /^hyu at' a/ *dhubh iad e* 'THEY BLACKENED HIM'), agus mar sin feumar /tu/ a thuigsinn gu morfa-fòn-eòlach mar //tu//, gun mhorfa-fòineim //h// a bhith an làthair. Tha an t-aon nì fìor a thabh /u/ *ugh* ainr. ~ gin. /uɣ' / *uigh*, ach iol. /u.in/ *uighean*. Is dòcha gur e mùthadh neo-riaghailteach a tha againn san dà fhacal mu dheireadh seo.)

Nialas ~ /h/ : /ku:/ *gaoth* ainr. ~ gin. /ku:hi/ *gaoithe* (gu morfa-fòn-eòlach //ku:y'hi//). A-rithist, coltach ris mar a chunnacas le /k^hro/, tuigear gur e //ku:h//, le morfa-fòineim //h// an làthair, an riochdachadh a tha ceart gu morfa-fòn-eòlach air an fhacal gun mhùthadh /ku:/, bhon iolra /ku:hɣn/ *gaothan*.

Tha àite aig palatachadh consanach anns a' mhùthadh /ku:/ *gaoth* ainr. ~ tabh. /k_lui/ *gaoith* cuideachd, ged nach saoillear seo air a' chiad shealladh ; oir san eisimpleir seo tha //h// san riochd gun mhùthadh //ku:h// air a phalatachadh an toiseach gu /y' /, agus tha an suathach palataichte an uair sin air a chall seach gu bheil e a' leantainn na h-eileamaid bheulaibh san dà-fhoghar /_lui/ a fhuaras tron mhùthadh fhuaimreagach /u:/ ~ /_lui/¹²⁶⁸ (faic seòrsa 23 shìos).

¹²⁶⁷ it can be seen that //k^hroh//, with morphophoneme //h// present, is the correct morphophonological representation of the unmutated form /k^hro/, from the plural /k^hrohɣn/ ... (which shows phoneme /h/ appearing before the vowel-initial plural suffix)

10.5.2 Palatachadh fuaimreagach

10.5.2.1 Còmhla ris a' phalatachadh den chonsan no den chòmhlán ris an deach dèiligeadh shuas, gheibhear gu tric mùthadh air an fhuaimreig no air an dà-fhoghar a thig ron chonsan a chaidh a mhùthadh. Ann am faclan le svarabhakti thèid an dà fhuaimreig a mhùthadh sa chumantas, ach air uairean 's e an fhuaimreag svarabhakti a-mhàin a dh'fhuilingeas mùthadh, m.e. /tʰ[ɑrɑɣ]/ *tarbh* ainr. ~ gin. & iol. /tʰ[ɑr'í]/ (t. deas) *tairbh*). Gheibhear eisimpleirean de mhùthaidhean fuaimreagach den aon seòrsa ann am faclan aig a bheil consan aig deireadh facail a bhuineas do bhuidheann (c) (m.e. /kʰ[ouɣm]/ *com* ainr. ~ gin. /kʰ[ũiɣm]/ *cuim*, cf. /p[ouɣN]/ *bonn* ainr. ~ gin. & iol. /p[ũiɣN']/ *buinn* ; /k[ɔrɔɣm]/ *gorm* br.~ coim. /nɣs 'k[ur'uɣmɣ]/ *nas guirme*, cf. /ɔLkʰ/ *olc* br. ~ gin. sg. fir. /ul'kʰ/ *uilc*). Leanar Oftedal (1956 : 173) an seo ann a bhith ag ràdh 'palatachadh fuaimreagach' ('vocalic palatalization') ris na mùthaidhean seo.

10.5.2.2 'S iad na leanas na seòrsachan eadar-dhealaichte de phalatachadh fuaimreagach a fhuaras an Gl. (cf. airson Liùrboist Oftdal 1956 : § 217 ttd. 173-4) :

	1	2	3	4	5	6	7	8	9	10	11	
Neo-phal.	/ɑ, (i)ǎ	ɑ	ɑ	ɑ	ɑ	ɑ:	ɑ:	ɛ	ɛ, ɛ̃	ɛ̃/ (← /ǎ/)	/e/	
Pal.	/i, ỹ	ɔ	o	u	ɣ	o:	u:	e	i, ỹ	ĩ	i/	
	12	13	14	15	16	17	18	19	20	21	22	23
Neo-phal.	/ɔ, ʃ	ɔ, ʃ	ɔ:	ɔ:	o	o	o	o	u	u:	u:	u:/
Pal.	/u, ỹ	u, ỹ	u:	[ui]	i, ỹ	u	u	ụ	u	[ui]	[ui]	[ui]/
	24	25	26		27	28	29	30				
Neo-phal.	/[ɑu]	[ɑu]	[ɑu], [ǎu]		[ɛ̃u]	[ɛ̃u]	[ɛ̃u]	[ɛ̃u]/				
Pal.	/[ɑi]	[ui]	[ɣi]		[ǎi]	[ɣi]	[ũi]	ĩ:/				

¹²⁶⁸ here //h// in the unmutated form //kuu:h// is first palatalised to /ɣ'/, and the palatalised fricative is then lost due to its following the front element in the diphthong /[uii]/ which arises through the vocalic mutation /u:/ ~ /[uii]/

	31	32	33	34	35	36	37
Neo-phal.	/[ou]	[ou]	[ou]	[ou]	[iʎ]	[iʎ]	[iʎ]/
Pal.	/[ui], [ũi]	[ui], [ũi]	[ʎi]	*i:	ɛ:	e:	i:/
	38	39	40	41			
Neo-phal.	/[ĩa]	[ia], [ĩa]	[ĩa]	[ia], [ĩa]/			
Pal.	/ɛ:	e:	ĩ:	(ĩ)ɔ:, (ĩ)ʃ:/			

Ann am mùthadh 10 tha ‘/ɛ/ (← /ũ/)’ a’ ciallachadh ‘/ɛ/ a fhuaras mar thoradh air a’ chinneachadh dhualachainnteach /ɛ/ → /a/'. Ann an àir. 19 tha mùthadh againn eadar aon-fhoghar goirid /o/ ~ aon-fhoghar goirid + leth-fhuaimreag /uĩ/.

Eisimpleirean :

1. /k^haL/ *geal* br. ~ coim. /nʎs 'k'íl'ʎ/ *nas gile*, /t^hãNix'/ *teannaich* gr. àithn. ~ br. coim. /nʎs 't^hĩN'ʎ/ *nas teinne*.
2. /k^hLax/ *clach* ainr. ~ gin. /k^hLɔhi/ *cloiche*.
3. /k^has/ *cas* ainr. gin. /k^hos'(ʎ)/ *cois(e)*.
4. /faL^h/ *falt* ainr. ~ gin. /fuL't^h/ *fuilt*.
5. /taLʎk/ *dalladh* agr. ~ ainr. /tʎL'ʎ/ *doille*.
6. /fa:t/ *fàd* ainr. ~ gin. /fo:t'/ *fòid*.
7. /k^ha:RN/ *càrn* ainr. ('A CAIRN') ~ gin. & iol. /k^hu:RN/ *cùirn*.
8. /ɛx/ *each* ainr. ~ gin. & iol. /ɛx'/ *eich*.
9. /fer/ *fear* ainr. ~ gin. & iol. /fir'/ *fir*, /s'ẽn/ *sean* br. ~ coim. /nʎ 's' ãnʎ/ *nas sine*.
10. /mẽk^h/ *mac* ainr. ~ gin. & iol. /mĩk^h/ *mic*.
11. /pek/ *beag* br. ~ gin. sg. fir. /vik'/ *bhig*.
12. /ɔLk^h/ *olc* br. ~ gin. sg. fir. /ul'k^h/ *uilc*, /k^hrʃk^h/ *cnoc* ainr. ~ gin. & iol. /k^hrũk^h/ (fuaim. caoch.) *cnuic*.

13. /prək^h/ *broc* ainr. ~ gin. & iol. /pruək^h/ *bruic*, /k^hrɔ̃k^h/ *cnoc* ainr. ~ gin. & iol. /k^hrũk^h/ (fuaim. caoch.) *cnuic*.
14. /pɔ:rt/ *bòrd* ainr. ~ gin. & iol. /pu:rt/ *bùird*.
15. /Rɔ:p^h(ʁ)/ *ròp(a)* ainr. ('A ROPE') ~ gin. /R_lu_ip^h/ *ruip*
16. /s^ht^hoLʁk/ *stealladh* agr. ~ /s^ht^hil^hʁ/ *stille*, gin. de /s^ht^hou_jL/ *steall* ainr., /p^hroNʁk/ *pronnadh* agr. ~ /nʁs^h p^hrĩN^hʁ/ *nas pruinne* (bt. 'nas proinne'), coim. de /p^hr_lou_jN/ *pronn* br.
17. /pok/ *bog* br. ~ coim. /nʁs^h p^huk^hʁ/ *nas buige*.
18. /k^hro/ *crodh* ainr. ~ gin. /k^hrwy^h/ *cruidh*.
19. /kop/ *gob* ainr. ~ gin. /ku_jp/ *guib*.
20. /tu/ *dubh* br. ~ gin. sg. fir. /tuw^h/ *duibh*.
21. /Lu:p/ *lùb* ainr. ~ gin. /L_lu_ip/ *lùib*.
22. /Lw:y/ *laogh* ainr. ~ gin. & iol. /L_lu_i/ *laoigh*.
23. /kw:/ *gaoth* ainr. ~ tabh. /k_lu_i/ *gaoith*.
24. /k^hou_jL/ *call* agr. ~ gr. àithn. /k^hai_jL^h/ *caill*.
25. /ou_jL^h/ *allt* ainr. ~ gin. & iol. /u_iL^ht^h/ *uillt*.
26. /k_lou_jL/ *Gall* ainr. dìl. ~ iol. /k_lʁi_jL^h/ *Goill*, /R_lũu_jN/ (fuaim. caoch.) *rann* ainr. ~ iol. /R_lʁi_jN^h/ *roinn*.
27. /m_lẽu_jL/ *mall* br. ~ ainr. /m_lĩi_jL^h/ *maill*.
28. /R_lẽu_jN/ (fuaim. caoch.) *rann* ainr. ~ iol. /R_lʁi_jN^h/ *roinn*.
29. /k^hr_lẽu_jN/ *crann* ainr. ('A PLOUGH') ~ gin. & iol. /k^hr_lũi_jN^h/ *cruinn*.
30. /k^hẽu_jN/ *ceann* ainr. ~ gin. & iol. /k^hĩ:N/ *cinn*.
31. /p^hou_jL/ *poll* ainr. ~ gin. & iol. /p^hu_iL^h/ *puill*, /p_lou_jN/ *bonn* ainr. ~ gin. & iol. /p_lũi_jN^h/ *buinn*.
32. /t^hou_jL/ *toll* ainr. ~ gin. & iol. /t^hu_iL^h/ *tuill*, /t_lou_jN/ *donn* br. ~ gin. sg. fir. /t_lũi_jN^h/ *duinn*.
33. /p^hr_lou_jN/ *pronn* br. ~ rgc. /p^hr_lʁi_jN^ht^h(ʁ)/ *proinnt(e)*.

34. Cha d'fhuaras eisimpleir den mhùthadh seo, agus far am bite an dùil ris, m.e. ann an /k'ou]L/ *geall* ainr. ~ iol. */k'i:L/ **gill*, 's e /k'ou]n/ *geallan* a chluinnear mar riochd iolra. Ach feumar àite air a thoirt dha an seo, mar mhùthadh a dh'fhaodadh a bhith ann, gus gum bi e comasach fhaighinn bho /ou] gu /i/ (m.e. bho /s't'ou]L/ *steall* ainr. gu /s't'iL'x/ *stille* ainr. gin.), mar a chithear ann an siostam mhùthaidhean (vi) shìos.

35. /L'i'x]/ *liath* br. ~ gin. sg. fir. /l'ε:/ *lèith*.

36. /f'i'x]y/ *fiadh* ainr. ~ gin. & iol. /fe:/ *fèidh*.

37. /k'h'r'i'x]x/ *crìoch* ainr. ~ gin. /k'h'r'i:x'(x)/ *crìch(e)*.

38. /N'ĩ]a]L/ *Niall* ainr. dil. ~ gin. & gairm. /n'ē:L'/ *Nèill*.

39. /pr'ia]k/ *breug* ainr. ~ gin. /pr'e:k'x/ *brèige*, /kr'ĩ]a]n/ *grian* ainr. ~ gin. /kr'e:nx/ *grèine*.

40. /L'ĩ]a]n/ *lion* ainr. ('A NET') ~ gin. & iol. /L'ĩ:N'/ *lìn*.

41. /f'ia]r/ *feur* ainr. ~ gin. /f'ĩ]o:r'/ *feòir*, /ĩ]a]n/ *eun* ainr. ~ gin. & iol. /ĩ]õ:N'/ *eòin*.

10.5.2.3 Ann am faclan le svarabhakti :

	(= 1)	42	(= 4)	(= 5)	(= 8)	(= 12)	(=13), 43
Neo-phal.	/[a a]	[a a]	[a a]	[a a]	[ε ε]	[ɔ ɔ]	[ɔ ɔ]/
Pal.	/[a i]	[e e]	[u u]	[x x]	[e e]	[u u]	[u i]/

Ann a' mhùthadh /ɔ ɔ/ ~ /u u/, tha an t-atharrachadh eadar /ɔ/ agus /u/ co-ionann ri mùthadh 13 shuas ; measar an t-athrrachadh eadar /ɔ/ agus /i/ mar mhùthadh àir. 40.

Eisimpleirean :

(= 1). /t^h[a]r]v/ *tarbh* ainr. ~ gin. & iol. /t^h[a]r'i]/ *tairbh*.

42. /s'[a]l]k/ *sealg* agr. ~ gin. /s'e'l'ek'/ *seilg*.

(= 4). /p[a]l]k/ *balg* ainr. ~ iol. /p[u]l'u]k'/ *builg*.

(= 5). /s[a]l]m/ *sailm* ainr. sg. (bt. 'salm') ~ iol. /s[ɣ]l]m/ *sailm* (agus /s[a]l]m]n/ *sailmean*).

(= 8). /tʲɛɛɛk/ *dearg* br. ~ gin. sg. fir. /ʲɛɛʲkʲ/ *dheirg*.

(= 12). /tʲɔɔɔx(ɣ)/ *dorch(a)* br.~ coim. /nɣs ʲtʲuruɣxʲɣ/ *duirche*.

(=13), 43. /tʲɔɔɔv/ *dorgh* ainr. ~ iol. /tʲuɔɔʲi/ (fuaim. caoch.) *duirgh*.

10.5.2.4 A thaobh palatachaidh fhuaimreagaich ann an lidean gun bheum, fhuaras eisimpleirean : de /i/ an àite /ɣ/ ro chuid de chonsan, an àite /ɣk/ is /uk/, no an àite /ɔ/ ro /x/ ; de /ɛ/ an àite /ɣ/ ro /L/.

Neo-phal.	/ɣt	ɣk, uk	ɣs	ɣL	ɣL	ɣL	ɣN	ɔ/
Pal.	/itʲ	i	isʲ	iLʲ	ilʲ	ɛlʲ	inʲ	ixʲ/

Eisimpleirean : /ɣt/ ~ /itʲ/ : /ʲɑɔɔkʲɣt/ *airgead* ainr. ~ gin. /ʲɑɔɔkʲitʲ/ *airgid* ; /ɣk/ ~ /i/ (faic mùthadh 18 shuas) : /ɑxɣk/ *achadh* ainr. ('AN OUT-FIELD') ~ gin. /ɑxi/ *achaidh*, /mʲuruɣxɣk/ *Murchadh* ainr. dil. ~ gin. & gairm. /vʲuruɣxi/ *Mhurchaidh*, /ɑsʲɣk/ *aiseag* no *aiseadh* ainr. ('A FERRY') (bt. 'aiseag') ~ gin. /ɑsʲi/ *aisidh* (bt. 'aiseig'), /frʲihɑLɣk/ *frithealadh* agr. ~ gin. /frʲihɑLi/ *frithealaidh* ; /uk/ ~ /i/ : /skrʲiɣ.uk/ *sgrìobhadh* agr. ~ gin. /skrʲiɣ.i/ *sgrìobhaidh* ; /ɣs/ ~ /isʲ/ : /Rɛ̃ɣɣs/ (t. deas) *reangas* ainr. ('AN EMACIATED BEAST') ~ iol. /Rɛ̃ɣisʲ/ *reangais* ; /ɣL/ ~ /iLʲ/ : /tɔ:.ɣL/ *Dòmhnall* ainr. dil. ~ gin. & gairm. /ɣ̃ɔ:.iLʲ/ *Dhòmhnail* ; /ɣL/ ~ /ilʲ/ : /fekɣL/ *feagal* ainr., bt. 'eagal' ~ gin. /fekilʲ/ *feagail* ; /ɣL/ ~ /ɛlʲ/ : /pɔtʰɣL/ *botal* ainr. ~ iol. /pɔtʰɛlʲ/ *boiteil* ; /ɣN/ ~ /inʲ/ : /ʲiɣɣRɣN/ *iarrann* ainr., bt. 'iarann' ~ gin. /ʲiɣɣRinʲ/ *iarrainn* ; /ɔx/ ~ /ixʲ/ : /pɑLɔx/ *balach* ainr. ~ gin. & iol. /pɑLixʲ/ *balaich*.

Tha na mùthaidhean /ɔx/ ~ /ixʲ/ agus /ɣk/, /uk/ ~ /i/ seasmhach. Sa mhùthadh /ɣk/ ~ /i/ bidh e coltach gun deach an suathach palataichte /ɣ/ a chall an dèidh na fuaimreig bheulaibh gun bheum /i/ : */iɣʲ/ > /i/ (cf. Oftedal 1956 : § 218, td. 174) ; is dòcha gu bheil am mùthadh /uk/ ~ /i/ a' sealltainn gun robh an cinneachadh seo */iɣʲ/ > /i/ air tachairt mus robh na suathaich

bhileach eadar-fhuaimreagach air an call (agus fuaimreagan schwa a bha roimhe gan leantainn, an uair sin air am mùthadh gu /u/), air neo bhite an dùil ri /uk/ ~ */uɣ/.

A thaobh nam mùthaidhean eile sam faighear /ɣ/ ~ /i/ saoilidh mi gu bheil dà shuidheachadh againn : (a) tha /i/ sna riochdan mùthte ann an saor chaochlaideach ri /ɣ/, m.e. cluinnear /ɣ̃ð:.ɣL'/ còmhla ri /ɣ̃ð:.iL'/ *Dhòmhnaill* ainr. dil. gin. & gairm., /fekɣl'/ còmhla ri /fekil'/ *feagail* ainr. gin. ; (b) tha fòineim /i/ seasmhach sna riochdan mùthte, agus i cumhaichte aig na teasgain a thig roimhpe¹²⁶⁹, m.e. /Rĕɣɣs/ *reangas* ainr. ~ /Rĕɣis'/ *reangais* ainr. iol. le /i/ seasmhach, ach /sɔLɣs/ *solas* ainr. ~ gin. & iol. /sɔLɣs'/ *solais*. Dh'fheumte an tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh airson na cumhachan a tha ann a shoillearachadh.

10.5.2.5 Ann an suidhichidhean eile tha fuaimreag gun bheum air a gleidheadh gun mhùthadh (i.e. gun a bhith ann an saor-chaochlaideachd ri fuaimreig mhuthte) ron chonsan palataichte¹²⁷⁰ : /eɫ'an/ *eilean* ainr. ~ gin. /eɫ'an'/ *eilein*, /fɪuɣɹan/ *fuaran* ainr. ~ gin. /fɪuɣɹan'/ *fuarain*, /fɯ:xak/ *faochag* ainr. ~ gin. /fɯ:xak'/ *faochaig* (ann am /k' ʔmɔx 'fɯ:xak'/ *giomach-faochaig* ainr. ('A HERMIT-CRAB' *Eupagurus bernhardus*); /te:k^hɔn/ *deucon* ainr. ~ iol. /te:k^hɔn'/ *deucoin*, /Rɔtɔn/ *rodon* ainr. ('A RAT'), bt. 'radan' ~ iol. /Rɔtɔn'/ *rodoin* bt. 'radain', /tɔt^hɔr/ *dotar* ainr. ~ gin. /tɔt^hɔr'/ *dotair* ; /a.uk/ *abhag* ainr. ('A TERRIER') ~ iol. /a.uk'/ *abhaig*, /t'ɪɣɹ.ul/ *diabhal* ainr. ~ gin. /t'ɪɣɹ.ul'/ *diabhail*, /Rahun/ *rabhann* ainr. ('A TIDE-MARK, A FLOOD-MARK') ~ gin. /Rahun'/ *rabhainn*, /fo.ur/ *foghar* ainr. ~ gin. /fo.ur'/ *foghair* ; /ɪr'ɪɹmɣL/ *irmeall* ainr. ('A MISTAKE'), bt. 'iomrall' ~ iol. /ɪr'ɪɹmɣL'/ *irmeill*, bt. 'iomraill' ; /k^hapɣr/ *cabar* ainr. ~ gin. & iol. /k^hapɣr'/ *cabair* ; /sɔLɣs/ *solas* ainr. ~ gin. & iol. /sɔLɣs'/ *solais*.

10.5.2.6 San stoc /Ra.at/ *rathad* ainr. ~ gin. /Rɔ.ɔt'/ agus /Rɔ.it'/ *rothaid* gheibhear mùthadh an dà chuid air na fuaimreagan le beum agus gun bheum, le saor-chaochlaideachd

¹²⁶⁹ phoneme /i/ is stable in the mutated forms, conditioned by the preceding segments

¹²⁷⁰ an unstressed vowel is preserved always unmutated (i.e. not in free variation with a mutated vowel)

eadar /ɔ/ agus /i/ san fhuaimreig gun bheum. A thaobh /ɣ^hl'ɛ.at/ an *Leathad* ainr. dil. (ainm baile ‘LAIDE’) ~ gin. /ɣ^hl'ɔ.ɣt/ an *Leothaid* cluinnear mùthaidhean neo-riaghailteach /ɛ/ ~ /ɔ/ air an fhuaimreig le beum agus /a/ ~ /ɣ/ air an tè gun bheum. Sa bhuadhair /ir'isɣL/ *iriosal* ~ coim. /ir'is'ɔL/ *iriseal* tha mùthadh consanach againn gu h-eisgeachdail ann an suidheachadh gun bheum nach eil aig deireadh facail.

10.6 Mùthaidhean ann an Cainneachd

10.6.1 Mar a fhuair Oftedal an Liùrbost (1956 : § 219, td. 175), mar sin an Gl. gheibhear sioncoip gu cumanta ann an stuic dà-lideach ro iar-leasachain¹²⁷¹. Anns na riochdan le sioncoip (no co-ghiorrachadh¹²⁷²) bidh fuaimreagan fada no dà-fhogharan a’ co-fhreagairt ri fuaimreagan goirid sna riochdan neo-ghiorraichte.

Fuaimreagan goirid ~ fada

Ro shioncoip /a e i ɔ o u u ɣ/

An dèidh sioncoip /a: ɣ: i: ɔ: o: u: i: ɣ:/

Eisimpleirean : /k^harit'/ *caraid* ainr. ~ iol. /k^ha:rtɣn/ *càirdean* ; /t^heyɣr'/ *teadhair* ainr. (‘A TETHER’) ~ iol. /t^hɿɣ:rix'ɣn/ agus /t^hɣ:rix'ɣn/ *teadhraichean* ; /pr'i.in'/ *bruidhinn* agr. ~ gin. /pr'ĩ:nɣ/ *bruidhne*, /fi.iL/ *fidheall* ainr. ~ iol. /fi:l'ɣn/ *fidhlean* ; /L'jɔ.ur/ *leabhar* ainr. ~ iol. /L'jɔ:rix'ɣn/ *leabhraichean*, /tʃ.ɔs/ *tomhas* ainr. ~ ainr. /t^hʒ:s'ɔxan/ *tòimhseachan* ; /po.ur/ *bodhar* br. ~ /po:rɣk/ *bodhradh* agr., /ko.uL/ *gobhal* ainr. (‘FORK ; CROTCH’) ~ br. /ko:Lɔx/ *gobhlach* ; /u.uL/ *ubhall* ainr. ~ iol. /u:Lɣn/ *ùbhlan* ; /Ru.in'/ *ruighinn* br. ~ br. coim. /ri:nɣ/ (fuaim. caoch.) *ruighne* ; /Lɣ.ɣr/ *ladhar* ainr. ~ iol. /Lɣ:rɣn/ *ladhran*, /Rɣ.ɣN'/ *roghainn* ainr. ~ br. /Rɣ:nɔx/ *roghnach* (‘PREFERABLE’).

¹²⁷¹ disyllabic stems are often syncopated before suffixes

¹²⁷² contraction

Sna faclan /k^hrɔ.ɔ/ *crodha* ainr. ('A HORSESHOE'), bt. 'crudha' ~ iol. /k^hrɔ:hin/ *cròidhean*, bt. 'cruidhean', agus /Rɔ.ɔt'/ *rothaid* ainr. gin. ~ iol. /Rɔ:t'ɣn/ *ròidean*, tha fadachadh agus palatachadh againn còmhla sna riochdan iolra (a thaobh /h/ mar riochd palataichte faic mùthadh consanach nialas ~ /h/ shuas, § 10.5.1.5).

Fuaimreagan goirid ~ dà-fhogharan :

Ro shioncoip	/ɑ, ǎ	ɑ	ɑ	ě	ě	ě/
An dèidh sioncoip	/[ǎi]	[ɣi]	[ɑu]	[ǎi]	[ɣi]	[ěu]
Ro shioncoip	/ɔ	ɔ	o	o	u, ũ/	
An dèidh sioncoip	/[ũi]	[ɣi]	[ui]	[ɣi]	[ui], [ũi]	

Eisimpleirean : /ɑ.uN'/ *abhainn* ainr. ~ gin. /[ǎi]nɣ/ *aibhne*, /ǎɣ'ɣL/ *aingéal* ainr. ~ iol. /[ǎi]l'ɣn/ *ainglean* ; /sa.it/ *saighead* ainr. ~ ainr. /s[ɣi]t'ar/ *saighdear* ; /ɑ.uN'/ *abhainn* ainr. ~ gin. /[ɑu]nɣ/ (fuaim. caoch.) *abhna* ; /pɛnis'/ *banais* ainr. ~ gin. /p[ǎi]s'(ɣ)/ *bainns(e)* ; /kě.uN'/ *gamhainn* ainr. ~ iol. /k[ɣi]nɣ/ *gaimhne* ; /kě.uN'/ *gamhainn* ainr. ~ gin. /k[ěu]nɣ/ *gamhna* ; /t^hɔ.in'/ *domhainn* br. ~ br. coim. /nɣs 't[ũi]nɣ/ *nas doimhne* ; /sɔLɣs/ *solas* ainr. ~ gr. àithn. /s[ɣi]L's'ix'/ *soillsich* ; /po.ur/ *bodhar* br. ~ ainr. /p[ui]r'ɣ/ *buidhre* ; /ko.u/ *gobha* ainr. ~ iol. /k[ɣi]nɣ/ *goibhne*, cuideachd /k[ɣi]nɣn/ *goibhnean* ; /puɣ'ɔN/ *buidheann* ainr. ~ iol. /p[ui]nɣN/ *buidhnean*, /mũl'ɣN/ *muileann* ainr. ~ iol. /m[ũi]L'ɣn/ *muilnean*, /Ru.in'/ *ruighinn* br. ~ coim. /nɣs 'R[ũi]nɣ/ (fuaim. caoch.) *nas ruighne*.

10.6.2 Gheibhear seòrsa eile de mhùthadh ann an cainneachd far am faighear fuaimreagan goirid le beum ann an cuid de riochdan, agus fuaimreagan fada no dà-fhogharan ann an riochdan eile. Feumaidh an fhuaimreag no an dà-fhoghar a bhith air a leantainn le fear de na consain shònarach /m/, /N/, /N'/, /L/ (bho sheann II càraideach), /L'/, /R/ ; san t-suidheachadh seo : gheibhear fuaimreag ghoirid ro chonsan singilte air a leantainn le fuaimreig a bhuineas don aon

fhacal ; gheibhear fuaimreag fhada no dà-fhoghar ro chonsan singilte aig deireadh facail, no ro chòmhlain (co-dhiù a tha an còmhlain aig deireadh facail gus nach eil). Fhuaras na mùthaidhean a leanas an Gl. (cf. airson Liùrbost Oftedal 1956 : § 220) :

	44	45	46	47	48	49		
Fada no dà-fhogh.	/a:	[au], [ãu]	[ẽu]	ɔ:	[ou]	u:, ù:/		
Goirid	/a	a, ã	ẽ, ã, jã	ɔ	o	u, ù/		
	50	51	52	53	54	55	56	57
Fada no dà-fhogh.	/[ai], [ãi]	[ei]	i:, ï:	[ui], [ũi]	[ũi]	[ui], [ũi]	[xi]	[xi]
Goirid	/a, ã	e, x	i, ï	u, ù, ư	ĩ	u, ư, u	ĩ	x

Gheibhear 44 is 46 ro /R/ a-mhàin ; gheibhear 49 ro /R/ agus ro na srònaich /m, N/ (agus am prionnsabal ron taobhach /L/, ach cha d'fhuaras eisimpleir den seo) ; tha an còrr rim faighinn ro shrònaich agus ro thaobhaich, ach chan ann ron chritheach /R/. Fhuaras eisimpleir de 51 ron t-srònach /N'/ a-mhàin. Ann an 55 tha mi am barail gu faighear /ũ/ mar fhuaimreig ghoirid a' co-fhreagairt ri /[ũi]/, m.e. ann an /k^hLũN'x mi/ *cluinne mi*, mar thoradh air an /L/ a thig roimhe.

Eisimpleirean :

44. /pa:R/ *bàrr* ainr. ~ iol. /pa:Rʁn/ *barran*.

45. /t[au]L/ *dall* br. ~ agr. /taLʁk/ *dalladh*, /L[ãu]N/ *lann* ainr. ~ iol. /LãNʁn/ *lannan*

46. /m[ẽu]L/ *meall* ainr. ~ ainr. meanbh. /mjãLan/ *meallan*, /k[ẽu]N/ *gleann* ainr. ~ ainr. meanbh. /k'ẽNan/ *gleannan*, /[ẽu]m/ *àm* ainr. ~ iol. /ãmʁNʁn/ *amannan*.

47. /t^hɔ:R/ *tòrr* ainr. ~ ainr. meanbh. /t^hɔRan/ *torran*.

48. /t^h[ou]L/ *toll* ainr. & gr. àithn. ~ agr. /t^hoLʁk/ *tolladh*, /s'[ou]L/ *seall* gr. àithn. ~ ainr. /s'oLʁk/ *sealladh*, /p^hr[ou]N/ *pronn* gr. àithn. ~ agr. /p^hronʁk/ *pronnadh*, /t^h[ou]m/ *tom* ainr. ~ ~ ainr. meanbh. /t^homan/ *toman*.

49. /Lũ:N/ *lunn* ainr. ('LAUNCHING ROLLER') ~ iol. /LũNʁn/ *lunnan*, /kʰũ:m/ *cùm* gr. àithn. ~ agr. /kʰũmal'/ *cumail*, /sku:r/ *sgùrr* ainr. ~ iol. /skurʁn/ *sgurran*.

50. /kʰ[ai]L'/ *caill* gr. àithn. ~ gr. teachd. /kʰal'ʁ mi/ *caille mi*, /sN[ũi]m/ *snaim* ainr. ~ iol. /sNãmʁNʁn/ *snaimeannan*.

51. /l[ei]N'/ *leinn* riochd. roi. 1 iol. ~ neartmhor /l'eN'ʁ/ *leinne*, /k[ei]N'/ (cuideachd /k[ʁi]N'/) *geinn* ainr. ~ iol. /k'ʁN'ʁn/ *geinnean*.

52. /tʰi:L'/ *till* gr. àithn. ~ agr. /tʰiL'ʁk/ *tilleadh*, /tʰĩ:N'/ *tinn* br. ~ ainr. /tʰĩN'ʁs/ *tinneas*, /pĩ:N'/ *beinn* ainr. ~ gin. /pĩN'ʁ/ *beinne*, /ĩ:m/ *ìm* ainr. ~ gin. /ĩmʁ/ *ime*.

53. /s[ũi]m/ *suim* ainr. ~ ainr. & agr. /sũmʁk/ *suimeadh*, ro taobhach cf. /pʰ[ui]L'/ *puill* ainr. iol. ~ an eileamaid /pʰuL'ʁ/ a gheibhear le dàrnacha beum m.e. san ainr. iol. cho-fhillte /pʰuL'ʁ 't'ev/ *puille-deigh* ('ICE-POOLS').

54. /rʰ[ũi]m/ *thruim* br. gin. sg. fir. ~ br. coim. /nʁs tʰr'ĩmʁ/ *nas truime*.

55. /kʰr[ũi]N'/ *cruinn* br. ~ agr. /kʰrũN'ʁxkin'/ *cruinneachdainn* bt. 'cruinneachadh', ro taobhach cf. /tʰ[ui]L'/ *tuill* ainr. iol. ~ an eileamaid /tʰuL'ʁ/ a gheibhear le dàrnacha beum m.e. sna h-ainmearan iol. cho-fhillte /tʰuL'ʁ 'rapat'/ *tuille-rabaid*, /tʰuL'ʁ 'ʁ[en]ε.ix'/ *tuille-ghainmhich* ('FOX-HOLES IN GRAVEL'), /[ũi]/ ~ /ũ/ ann an /kʰL[ũi]N'/ *cluinn* gr. aithn. ~ gr. teachd. /kʰLũN'ʁ mi/ *cluinne mi*.

56. /pʰr[ʁi]N't'(ʁ)/ *proinnt(e)* rgc. ~ br. coim. /nʁs pʰr'ĩN'ʁ/ *nas pruinne* bt. 'nas proinne'.

57. /kʰ[ʁi]L'tʰix'ʁn/ *coilltichean* ainr. iol. ~ sg. /kʰʁL'ʁ/ *coille*, /tʰ[ʁi]N'/ *toinn* gr. àithn. ~ agr. /tʰʁN'ĩ/ *toinneamh*, /kr[ʁi]m/ *greim* ainr. ~ iol. /krʁmʁNʁn/ *greimeannan*.

Gheibhear àireamh bheag de dh'eisgeachdan, far a bheil fuaimreag fhada no dà-fhoghar a' mairsinn ro chonsan eadar-fhuaimreagach, an àite a bhith air an giorrachadh. Eisimpleirean : /f[ou]Nɔl'/ *fonnail* br. ('IN GOOD FORM') (cf. àir. 48 shuas), is dòcha tro analaidh ri /f[ou]Nvɔr/ *fonnmhor* br. (ach dh'fhaodadh air sgàth an riochd **/fɔNɔl'/ a sheachnadh, agus e ga mheas mì-loinneil) ; /tʰɔ:rʁk/ *tòrradh* agr. ('HEAPING UP'), cf. /tʰɔ:r/ *tòrr* ainr. agus àir. 47 shuas ; /mũ:Lɔx/ *mùllach* (?) br. ('CHAFFY') bho /mũ:L/ *mull* ainr., bt. 'moll', (cf. àir. 49 shuas)

dh'fhaodadh air sgàth an riochd **/mũLɔx/ a sheachnadh, agus e buailteach air a bhith a' dol troimhe-chèile ri /mũLɔx/ *mullach* ainr.

10.7 Mùthaidhean air an cothlamadh

Tha Oftedal (1956 : § 221) air sealltainn airson Liùrboist mar a dh'fhaodas palatachadh agus mùthaidhean ann an cainneachd a bhith air an cothlamadh san aon pharadaim. Ma bhitheas stoc moirfeimeach agus fear de na consain /m/, /N/, etc. a dh'fheumar airson mùthaidh ann an cainneachd mar dheireadh aige, faodaidh caochlaideachd alamorfach¹²⁷³ a bhith ann eadar trì no ceithir de dh'fhuaimreagan. Tha seo fìor cuideachd a thaobh Gl., agus faodar eisimpleirean a shealltainn de shiostaman den t-seòrsa a tha aig Oftedal *loc. cit.* (tha an suidheachadh an Gl. caran nas iom-fhillte mar thoradh air a' chinneachadh dhualchainnteach /ǎ/ → /ǣ/). Anns na leanas, A = neo-phalatach, B = palataichte, α = dà-fhogharach no aon-fhogharach fada, β = aon-fhogharach goirid, agus tha na h-àireamhan a rèir mar a tha iad a' nochdadh sna liostachan de mhùthaidhean shuas (tha eisimpleirean (i), (ii) agus (iii) shìos a' co-fhreagairt ris an dara, ris an treas agus ris a' cheathramh eisimpleir aig Oftedal *loc. cit.*) :

(i) A	B	(ii) A	B	(iii) A	B
α / _l ou _l / — 32 — / _l ui _l /		α / _l ǣu _l / — 30 — / _l ĩ:/		α / _l au _l / — 24 — / _l ai _l /	
				\	/
48	55	46	52	45	50
				\	/
β /o/ — 18 — /u/		β /ǎ/ — 1 — /ĩ/		β /a/	

(iv) A	B	(v) A	B	(vi) A	B
α / _l au _l / — 26 — / _l xi _l /		α / _l ou _l / — 33 — / _l xi _l /		α / _l ou _l / — 34 — */i:/	
45	57	48	56	48	52
β /a/ — 5 — /x/		β /o/ — 16 — /ĩ/		β /o/ — 16 — /i/	

Tha e doirbh stuic mhoirfeimeach a lorg aig a bheil seata iomlan de cheithir fuaimreagan, ach gheibhear mar eisimpleir : (*cf.* àir. (i) shuas) /t^h_lou_l/ *toll* ainr. ~ gin. & iol. /t^h_lui_l/ *tuill* ~ gin.

& iol. caoch. /t^huL'ɣ/ *tuille* ~ agr. /t^hoLɣk/ *tolladh*; (cf. àir. (ii) shuas) /p_{ɛ̃}u_ɲntix'ɣn/ *beanntaichean* ainr. iol. ~ sg. /p_{ɛ̃}i:N'/ *beinn* ~ gin. /p_{ɛ̃}iN'ɣ/ *beinne* ~ ainr. meanbh. /p_{ɛ̃}iãnan/ *beannan*. An seo faodar am mùthadh /ĩ/ ~ /ĩã/ a thuigsinn mar chaochlach air mùthadh (1) shuas. Cf. cuideachd /t^hũu_ɲN/ *teann* br. ~ ainr. /t^hĩ:N'/ *teinn* ~ br. coim. /nɣs 't^hĩN'ɣ/ *nas teinne* ~ gr. àithn. /t^hãnix'/ *teannaich*. Siostam (iii): /k^hau_ɲL/ *call* agr. ~ gr. àithn. /k^hai_ɲL'/ *caill* ~ gr. teachd. /k^hal'ɣ mi/ *caillidh mi*. Siostam (iv): /t_{ɛ̃}au_ɲL/ *dall* br. ~ ainr. iol. /t_{ɛ̃}ai_ɲL'/ *doill* ~ ainr. /tɣL'ɣ/ *doille* ~ agr. /taLɣk/ *dalladh*. Siostam (v): /p^hr_{ɛ̃}ou_ɲN/ *pronn* br. ~ rgc. /p^hr_{ɛ̃}i_ɲN't'(ɣ)/ *proinnt(e)* ~ br. coim. /nɣs 'p^hrĩN'ɣ/ *nas pruinne* bt. 'nas proinne' ~ agr. /p^hronɣk/ *pronnadh*. A thaobh siostam (vi), cluinnear /s't_{ɛ̃}ou_ɲL/ *steall* ainr. ~ gin. /s't_{ɛ̃}iL'ɣ/ *stille* ~ agr. /s't_{ɛ̃}oLɣk/ *stealladh*; cha d'fhuaras eisimpleir de riochd */s't_{ɛ̃}i:L'/ *still.

A shealltainn air eisimpleir eile bho Oftedal 1956: § 221, mar a tha e a' mineachadh airson Liùrbost a thaobh an fhacail *drǫim* 'druim', mar sin an Gl. cha ruigear a leas an t-atharrachadh eadar an t-ainmear /tr_{ɛ̃}ũi_ɲm/ *druim* agus an riochd ginideach aige /tromɣ/ *droma* a thuigsinn mar mhùthadh a bharrachd /t_{ɛ̃}ũi_ɲ/ ~ /o/, ach mar chothlamadh air dà mhùthadh a tha air sgeula a cheana, an dara cuid 32 /t_{ɛ̃}ũi_ɲ/ ~ /t_{ɛ̃}ou_ɲ/ agus 48 /t_{ɛ̃}ou_ɲ/ ~ /o/, air neo 55 /t_{ɛ̃}ũi_ɲ/ ~ /u/ agus 18 /u/ ~ /o/. Agus tha am facal /truĩmin'/ *druiminn* ainr. ('A SMALL RIDGE') na chomharra gur iad mùthaidhean 55 agus 18 a tha a' dèanamh ceangail eadar an dà riochd /tr_{ɛ̃}ũi_ɲm/ *druim* agus /tromɣ/ *droma*.

10.8 Mùthaidhean fuaimreagach eile

Gheibhear eisimpleirean de mhùthaidhean ann am fuaimreagan nach gabh am meas mar phalatachadh fuaimreagach no mar mhùthadh ann an cainneachd.

10.8.1 Caochlaideachd eadar /i/ agus /ɛ/ ro fhuaimnean-'n' agus ro fhuaimnean-/L/.

Tha an t-atharrachadh seo gu math iom-fhillte, faic m.e. §§ 4.1.4.8, 4.1.4.9, 4.2.1.2, 4.2.1.3, 4.2.5.8 fo-earr. (viii) agus (ix). Faodar a ràdh mar gheàrr-chunntas, san t-suidheachadh a'

¹²⁷³ allomorphic variation

leantainn consan palataichte gheibhear /a/ sa chumantas ro /L/, /N/, ach cluinnear fuaimneachaidhean le /ε/ uaireannan, m.e. /k^hãNix'/ *ceannaich* gr. àithn., /k^hal/ *geal* br., ach /s'εLα₁ɔx/ *sealbhach* br., /kl'ẽNan/ *gleannan* ainr. ('A LITTLE GLEN'). 'S e /ẽ/ a chluinnear ro /Nt^h/ ann am /L'ẽNt^hiN'/ *leantainn* agr. (cuideachd /γatɣ 'l'ẽNt^hiN'/ *gad leantainn* roi. leasaichte 2 sg. + agr.).

Aig toiseach facail, no a' leantainn consan bileach no /h/, gheibhear /(i)α/ sa chumantas ach cluinnear cuideachd fuaimneachaidhean le /ε/, m.e. /j₁αLα/ *ealbh* ainr., /pjãNɔxk/ *beannachd* ainr., /mjãLɣk/ *mealladh* agr., ach /εLɣ/ *eala* ainr., /pẽNt^hiN'/ *beantainn* agr., /pεLɔx/ (fuaim. caoch.) *bealach* ainr. (le /N/ agus /L/ sna dhà mu dheireadh seo bho sheann **n** agus **l** sèimhichte). Ro /n/ 's e /ε/ a chluinnear sa mhòr chumantas, no an-còmhnaidh : airson eisimpleirean faic §4.2.5.8 fo-earr. (ix).

10.8.2 Gheibhear mùthaidhean air a bheil coltas ri palataichadh fuaimreagach a thaobh an atharrachaidh a chluinnear sna fuaimreagan, ach nach gabh am mìneachadh mar chothlamadh air na mùthaidhean fuaimreagach 1-57 ris an deach dèiligeadh shuas. Eisimpleirean :

/ε/ ~ /ɔ/ : /t^hε/ *teth* br. ~ coim. /nɣs 't^hj₁ɔ.ɔ/ *nas teotha* ; /L'εhɛn/ *leathan* br. ~ coim. /nɣs 'L'j₁ɔ.ɔ/ *nas leotha* (ach am beachd Borgstrøm 1940 : 223 tha an hiatas an seo mar thoradh air analaidh ri leithid /nɣs 't^hj₁ɔ.ɔ/ *nas teotha* br. coim., agus dh'fhaodadh an /ɔ/ san fhacal èirigh air an aon dòigh) ; /ɣ 'L'ε.at/ *an Leathad* ainr. dìl. (ainm baile 'LAIDE') ~ gin. /ɣ 'L'ɔ.ɣt/ *an Leothaid*.

/u/ ~ /i/ : /t^hu/ *tiugh* br. ~ coim. /t^hi.i/ *tighe*. 'S e eisimpleir den mhùthadh consanach nialas (bho //h//) ~ /γ'/ a tha againn san fhacal seo, le call an t-suathaich phalataichte gu h-eadar-fhuaimreagach. Bhite an dùil mar sin ri mùthadh air an fhacal //t^huh// *tiugh* br. ~ coim. **/t^huγ'ɣ/ (le /u/ mar thoradh air mùthadh fuaimreagach àir. 20) > */t^hu.i/. Bidh e coltach nach seasadh an fhuaimreag mhùthte /u/ eadar /t^h/ palataichte agus hiatas ro fhuaimreig bheulaibh, agus gun deach a chur chun a' bheulaibh gu /i/, cf. /i/ bho /u/ a' leantainn */r/

(>/r'/) ann am /pr'í.i.N'/ *bruidhinn* agr. < */pru.i.N'/, /kr'ĩ.N'art/ *Gruinneard* ainr. dil. < */kruĩ.N'art/.

/u:/ ~ /r'ĩj/ ~ /o/ : /pru:/ *brù* ainr. ain. ~ (ain. &) tabh. /pr'r'ĩj.N'/ *broinn* ~ br. /prONɔX/ *bronnach*. Tuigear /pr'r'ĩj.N'/ ainr. tabh. & ain. ~ br /prONɔX/ mar chothlamadh air mùthaidhean 33 /r'ĩj/ ~ /ouj/ agus 48 /ouj/ ~ /o/; ach cha ghabh an t-atharrachadh /u:/ ~ /r'ĩj/ a mhìneachadh mar chothlamadh air gin de mhùthaidhean 1-57.

/r/ ~ /a/ : /r'Y/ *agh* ainr. ~ iol. /a.in/ *aighean*. 'S e contrarrachd¹²⁷⁴, mar gum b' eadh, a tha seo air a' phalatachadh fhuaimreagach àir. 5 /a/ ~ /r/, agus a fhuaras mar thoradh air a' chinneachadh riaghailteach SG **a** > /r/ ron t-suathach **g** neo-phalataichte (faic § 4.9.6.1).

/š/ ~ /r'ũĩj/ : /tš.ɔN'/ *domhainn* br. ~ ainr. /t'r'ũĩj.N'/ *doimhne*. Chan fhaighear dà-fhoghar /r'ɔĩj/ an Geàrrloch ach gu fìor ainmig, agus is dòcha gu bheil buaidh aig an seo air a' chinneachadh a tha ann.

/r'ĩɔj/ ~ /r'/ : /sk'r'ĩɔj.N'/ *sgian* ainr. ~ gin. /sk'r'ĩN'/ *sgine* (< */sk'r'ĩN'Y/). Ghabhadh seo a thuigsinn mar chothlamadh air. mùthadh àir. 40 /r'ĩɔj/ ~ /r'/ agus 52 /r'/ ~ /r'/, mar b' e nach eil riochd **/sk'r'ĩ.N'/ dearbhte air an fhacal; 's e /sk'í.i.N'/ (dà-lideach) *sgithinn* a tha againn san tabh.

/r'ĩYj/ ~ /e/ : /p'r'ĩYj/ *biadh* ainr. ~ gin. /pe.e/ *beidhe*. San fhacal seo agus san fhear roimhe is dòcha gu bheil a' mhi-riaghailteachd san mhùthadh air èirigh mar thoradh air iad a bhith dà-lideach an SG.

10.8.3 Ann an àireimh bhig de dh'fhaclan cluinnear mùthaidhean eile a tha gu tur mì-riaghailteach :

/r'ĩu/ ~ /e/ : /p^hr'ĩu.ur/ *piuthar* ainr. ~ gin. /p^hehYr/ *peathar*.

/r'ũ/ ~ /r'ũĩ/ : /t'r'ũ.N'Y/ *duine* ainr. ~ iol. /t'ũĩ.N'Y/ *daoine*.

/o/ ~ /a/ ~ /o/ : /po:/ *bò* ainr. ~ gin. /pa:ha/ *bàtha* ~ tabh. /pON'/ *boin*.

/u/ ~ /š/ : /k^hu:/ *cù* ainr. ~ gin. & iol. /k^hš.N'/ *coin*.

¹²⁷⁴ reverse, reversal

Tha leth-fhuaimreag /j/ ga cur ris an dà-fhoghar /[uɣ]/ ann an /sk[uɣ]p/ *sguab* ainr. ~ gin.
/sk[uɣ]ip/ *sguaib*.